

Aithisg Dheireannach Geàrr-aithris STPR2

Air a dhèanamh le

Jacobs AECOM

Do



Dealbh còmhdaich air a bhrosnachadh le tagradh farpais
dealbh STPR2 le Bun-sgoil Stoneyhill

1	Ro-ràdh	3
2	Dè a tha ann an STPR2?	5
3	Ciamar a chaidh molaidhean STPR2 a dhealbh?	10
4	Molaidhean	15
	Leasachadh air goireasan siubhail làthaireil	20
	Buaidh a thoirt air roghainnean agus dol-a-mach a thaobh siubhail	24
	A' leudachadh cothrom air còmhdhail phoblach le cosgais reusanta	30
	Carbon a thoirt a-mach à còmhdhail	42
	Cur ri sàbhailteachd agus neart air a' phrìomh lìonradh chòmhdhail	48
	Neartachadh prìomh cheangalaichean	57
5	Goireasan STPR2	65

Is aithne dhuinn uile cho cudromach 's a tha còmh-dhail nar beatha làitheil. Cuidichidh ar lìonraidhean còmh-dhail sinn uile gus an ruig sinn air foghlam, obraichean agus cùram slàinte, agus 's e ceangal cudromach a tha annta san t-slighe a chumas bathar agus seirbhisean dhuinn.

Tha còmh-dhail ag atharrachadh san là a tha ann. Tron ghalair smaoinich sinn uile air ciamar a bhios sinn a' gluasad, agus ann am mòran shuidheachaidhean, rinn sinn atharraichean. Dh'adhbhraich seo barrachd obair às an taigh, cuideam air turasan coiseachd agus baidhseagal ionadail, agus atharraichean mòra anns na lìonraidhean còmh-dhail againn. Thathas a-nis ann an linn de dh'atharraichean nas mò san ùine fhada agus teicneolas gu h-àraid ag atharrachadh mar a bhios sinn a' tighinn beò, ag obair agus a' cluich, tha e cuideachd a' cuideachadh ar càraichean, busaichean agus

trèanaichean atharrachadh gus am bi iad às aonais carboin.

'S e an dàrna Còmh-dhail Ro-innleachd Nàiseanta (NTS2) ro-innleachd airson atharrachaidh. Thathas ag aithneachadh an àite bhunaitich a tha aig còmh-dhail a thaobh lùghdachadh a thoirt air co-ionannachd, fàs eaconomach ion-ghabhalach a thoirt dhuinn, piseach a thoirt air ar slàinte agus sunnd, agus greimeachadh ri èiginn na gnàth-shìde. Aig cridhe na ro-innleachd tha aithne gum feum sinn atharrachadh mòr a dhèanamh nar dòighean agus roghainnean còmh-dhail tarraingeach, neo-chosgail, ruigsinneach agus seasmhach fhaighinn. Mìnichear na gnìomhan gus NTS2 a thoirt air adhart sa phlana buileachaidh bhliadhnail.

Ma thathas gu bhith ag atharrachadh ar n-eimiseanan gu net neo-nì ro 2045, prìomh phàirt de phoileasaidh Riaghaltas na h-Alba greimeachadh

ri èiginn na gnàth-shìde, feumar atharrachadh bunaiteach a thighinn air na roghainnean còmh-dhail a bhios sinn uile a ruighinn a bharrachd air lìonradh agus taghaidhean còmh-dhail a bheir buaidh air ar co-dhùnaidhean uile. Ag aithneachadh seo, gheall Riaghaltas na h-Alba astaran càr 20 sa chiad ro 2030, agus dh'fhoillsich e Cairt Slighe bho chionn ghoirid a' mineachadh na nithear gus seo a choileanadh, ag aithneachadh nach leòr adhartas ann an teicneolas seo a choileanadh ann fhèin.

'S e pàirt bhunaiteach de phlana gnìomh NTS2 an dàrna Sgrùdadh Ro-innleachdail nam Pròiseact Còmh-dhail (STPR2). Tha toraidhean an sgrùdaidh trì bliadhna seo a' dèiligeadh ri na dùbhlain a mhìnichear gu h-àrd le a bhith a' comharrachadh ciamar agus càite a bu chòir sinn atharraichean a thoirt air ar lìonraidhean còmh-dhail a dh'adhbhraicheas na leanas:

- gum bithear ri coiseachd, cuibhleadh agus baidhseagail airson turasan goirid làitheil;
- gun cleachdar còmhdhail poblach airson turasan goirid gu meadhanach;
- gun cleachdar còmhdhail poblach agus carbadan le eimiseanan ìosal airson turasan nas fhaide;

Togar na roghainnean sin air bunait rangachd tasgaidh sheasmhaich bho NTS2 a chuimsicheas an toiseach air:

- am feum siubhail gu neo-sheasmhach a lùghdachadh, agus
- goireasan làthaireil a chumail agus obrachadh gu sàbhailte, agus
- feum nas fheàrr a dhèanamh de na tha ann mar-thà, agus mu dheireadh
- leasachadh bun-structair cuimsichte.

Le tasgadh a chuimseachadh air roghainnean còmhdhail seasmhach do dhaoine fa leth, teaghlaichean, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan, cuidichidh molaidhean STPR2 gus fhaighinn nas fhasa gu na lionraidhean agus siostaman còmhdhail a dh'fheumas Alba gus greimeachadh ris na dùbhlain agus na h-atharrachaidhean thairis air an ath 20 bliadhna.

'S e STPR2 plana tasgaidh àrd-amasach airson nam 20 bliadhna (2022-2042) a tha air thoiseach, ged-tà chan e plana maoinichte a tha ann agus buailear e le mar a dh'aontaicheas a' Phàrlamaid airgead a thoirt seachad tro phròiseas an ionmhais.

2 Dè a tha ann an STPR2?




Ann an 2019, thòisich Còmhdaire Alba, buidheann còmhdaire nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, air an dàrna Ath-sgrùdadh Ro-innleachdail nam Pròiseact Còmhdaire, dh'fhoillsichear a' chiad ath-sgrùdadh ann an 2008. Cuidichidh an leithid gus sealladh, prìomhachasan agus toraidhean a chithear san dàrna Ro-innleachd Còmhdaire Nàiseanta a thoirt gu buil.

Cuiridh an t-ath-sgrùdadh seo air èifeachd an lìonraidh còmhdaire ro-innleachdail fiosrachadh ri tasgadh còmhdaire ann an Alba airson an ath 20 bliadhna (2022-2042) le molaidhean stèidhichte air fianais ullachadh air an bonntaich Ministearan na h-Alba co-dhùnaidhean tasgadh còmhdaire san àm ri teachd.

Beachdaichidh STPR2 air feumalachdan còmhdaire sluaigh agus coimhearsnachdan na h-Alba, agus bheir e sùil air siubhail gnìomhach (coiseachd, cuibhleachadh, baidhseagail), bus, bàta, rèile agus mòr-rathaidean agus rathaidean ceangal a bharrachd air mar a gheibh luchd-siubhail agus bathar gu prìomh phuirt agus puirt-adhair. Sgrùdar na feumalachdan sin bho sheallaidhean nàiseanta agus roinneil gus feart a thoirt air na diofar shuidhichean, pàtrain siubhail agus feumalachdan.

Clàr 1 Roinnean STPR2



Tha amasan STPR2 co-sheasmhach tarsainn air poileasaidh Riaghaltas na h-Alba gu lèir. Buinidh iad ri na cuspairean a leanas:

- ri gnìomh a thaobh na gnàth-shìde
- a' greimeachadh ri co-ionannachd & ruigsinneachd
- leasaicheas slàinte & sunnd
- taic a chur ri fàs eaconomach ion-ghabhalach agus seasmhach agus
- a bheir piseach air sàbhailteachd & treise.

Le bhith a' freagairt air na cuspairean sin, nithear cinnteach gum bi molaidhean STPR2:

- rèidh ri poileasaidh, coileanadh agus planaichean tasgaidh buntainneach Riaghaltas na h-Alba gus cuideachadh le na prìomhachasan sin a ruighinn.
- a' cuideachadh na prìomhachasan a nochd san Ro-innleachd Còmh-dhail Nàiseanta agus a Plana Coileanaidh a ruighinn
- a' coinneachadh ri amasan agus brìgh ainmichte STPR2.

Bheir STPR2 fòir-shealladh air tasgadh ann an còmh-dhail, prìomh bhun-structar agus molaidhean atharrachaidh dol-a-mach eile, a dh'fheumar gus prìomhachasan agus amasan an Ath-sgrùdaidh a choileanadh. Sa bhitheantas buailear na molaidhean air na co-dhùnaidhean tasgaidh agus poileasaidh a rinneadh anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad, ach san fharsaingeachd tha na molaidhean a rèir sealladh, prìomhachasan agus toraidhean na Ro-innleachd Còmh-dhail Nàiseanta agus a geallaidhean sa Phlana Coileanaidh. Is iad cuid den tasgadh còmh-dhail a bharrachd nach eil fo STPR2 càradh làitheil air mòr-rathaidean agus rathaidean ceangal agus leasachadh a thathas air gealltainn mar-thà, obair, càradh agus ùrachadh air an lìonradh rèile, agus taic teachd-a-steach do sheirbhisean còmh-dhail phoblach.

Chan fhaighear prìomhachasan sònraichte air an liosta de mholaidhean, leis gu bheil gach ball cudromach a thaobh dèiligeadh ri feumalachdan ioma-fhillte ar dùthcha.

Chan ionnann na molaidhean sin uallach Còmhdhail Alba a-mhàin a choileanadh, agus gu dearbh bidh co-obrachadh còmhla ri com-pàirtichean eile a dhìth gus an toirt air adhart. Ge-tà, le a bhith a' cur nan nithean sin còmhla ri STPR2, nochd Còmhdhail Alba a rùn a bhith ri cuideachadh agus obair an com-pàirt còmhla ri cuid eile gus leasachadh agus coileanadh.

Bheir STPR2 an Argamaid Gnìomhachais Ro-innleachdail seachad airson nam moladh. Às dèidh a' cheum seo, 's e an t-ath cheum na molaidhean ullachadh, le argamaidean gnìomhachais nas mionaidich gus cur ri pròiseas nan co-dhùnaidh tasgaidh. Cuiridh iad sin fios ri caitheamh-airgid Riaghaltas na h-Alba san àm ri teachd mar phàirt den tasgadh iomlan ann an còmhdhail. Le sin, mar a thig obair argamaid leasachaidh agus gnìomhachais air adhart, is dòcha gur e a bhios ann am pròiseactan geallaidhean le prògram ionmhais agus coileanaidh.



Ri gnìomh a thaobh na gnàth-shìde



A' greimeachadh ri co-ionannachd & ruigsinneachd



Leasaicheas slàinte & sunnd



Taic a chumail ri fàs eaconomaigeach sheasmhach



A chuireas ri sàbhailteachd & earbsachd

Clàr 2 Tha Còig Prìomh Amasan aig STPR2

<p>Prìomh amasan</p> <p>▼</p>	<p>STPR2 a bhith co-thaobhach le agus mar thaic do phoileasaidhean Riaghaltas na h-Alba</p>	<p>STPR2 a' freagairt air prìomhachasan na dàrna Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta (NTS2)</p>	<p>STPR2 a' nochdadh Rangachaidhean Tasgaidh Sheasmhaich agus Siubhail NTS2</p>	<p>STPR2 a' freagairt air coileanadh Amasan Planaidh Còmhdhail:</p>	<p>Molaidhean STPR2 a' coileanadh amasan stèidhichte gus:</p>
<p>Gnìomh a thaobh na gnàth-shìde</p>	<p>Ùrachadh a' Phlana Atharrachadh na Gnàth-shìde (2020) & Cairt Slighe cuimseachadh air Net Neoni de Charbon ro 2045 agus lùghdachadh ann an cleachdadh chàraichean 20% ro 2030 – air thoiseach air càch san t-saoghal</p>	<p>Ri gnìomh a thaobh na gnàth-shìde</p>	<p>Am feum siubhail gu neo-sheasmhach a lùghdachadh</p>	<p>Siostam còmhdhail seasmhach a chuireas ri amas eimiseanan aig neoni</p>	<p>Ceanglaichean nas fheàrr a dhèanamh le roghainnean còmhdhail seasmhach, ciallach, nas glaine</p>
<p>A' greimeachadh ri co-ionannachd & ruigsinneachd</p>	<p>Atharrachadh cothromach a thoirt gu buil a dh'ionnsaigh net neoni ann an dòigh a nì cothromachd agus a ghreimicheas ri co-ionannachd A' greimeachadh ri Bochdainn Cloinne</p>	<p>A lùghdaicheas mì-ionnannachd</p>	<p>A chuireas ri roghainn agus cothrom air siubhal gnìomhach agus còmhdhail phoblach</p>	<p>Siostam còmhdhail ion-ghabhalach a bheir piseach air cosgaisean/ruigsinneachd còmhdhail phoblaich</p>	<p>Piseach air ruigsinneachd do luchd-àiteachaidh, luchd-tadhail agus gnìomhachas</p>
<p>Leasaicheas slàinte & sunnd</p>	<p>Adhair nas Glaine do dh'Alba 2 (2021) & Plana Coileanaidh – Adhbharaichidh molaidhean STPR2 piseach a bharrachd air cor an adhair</p>	<p>A bheir piseach air ar slàinte & sunnd</p>	<p>Prìomhachas ga thoirt do choisèachd agus cuibhleachadh, baidhseagail an uair sin</p>	<p>Siostam còmhdhail aontaichte a chuireas ri coimhearsnachdan mar àitichean – le taic do shlàinte/sunnd</p>	<p>Ceanglaichean nas fheàrr a dhèanamh le roghainnean còmhdhail seasmhach, ciallach, nas glaine</p>

<p>Priomh amasan ▼</p>	<p>STPR2 a bhith co-thaobhach le agus mar thaic do phoileasaidhean Riaghaltas na h-Alba</p>	<p>STPR2 a' freagairt air prìomhachasan na dàrna Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta Prìomhachasan (NTS2)</p>	<p>STPR2 a' nochdadh Rangachaidhean Tasgaidh Sheasmhaich agus Siubhail NTS2</p>	<p>STPR2 a' freagairt air coileanadh Amasan Planaidh Còmhdhail:</p>	<p>Molaidhean STPR2 a' coileanadh amasan stèidhichte gus:</p>
<p> Taic a chumail ri fàs eaconomach sheasmhach</p>	<p>Bheir an dreach ùraichte den Ceathramh Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta (NPF4) – an cothrom cuideam “làraich” a shuidheachadh ann am planaidh cleachdadh fearainn agus còmhdhail. Cuiridh Ro-innleachd Nàiseanta na h-Alba airson Atharrachaidh Eaconamaich na prìomhachasan an cèill do eaconomaidh na h-Alba agus thathas ag aithneachadh an àite a tha aig tasgadh ann an còmhdhail a thaobh fàs eaconomach na h-Alba a chomasachadh agus a chuideachadh.</p>	<p>Taic a chumail ri fàs eaconomaigeach ion-ghabhalach</p>	<p>Feum nas fheàrr a dhèanamh de na goireasan tha ann mar-thà</p>	<p>Siostam còmhdhail aonaichte a chuireas ri fàs ion-ghabhalach seasmhach</p>	<p>Fàs eaconomaigeach sheasmhach a chomasachadh agus a chuideachadh Piseach air ruigsinneachd do luchd-àiteachaidh, luchd-tadhail agus gnìomhachas</p>
<p> A chuireas ri sàbhailteachd & treise</p>	<p>Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta 2 agus Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid na h-Alba gu 2030</p>	<p>A bheir piseach air sàbhailteachd siostam a' chòmhdhail agus a' choinnicheas amasan lùghdachadh air leointich</p>	<p>Goireasan làthaireil a chumail agus obrachadh gu sàbhailte</p>	<p>Siostam còmhdhail earbsach agus làidir – sàbhailte agus tèarainte do luchd-cleachdaidh</p>	<p>Piseach air ruigsinneachd do luchd-àiteachaidh, luchd-tadhail agus gnìomhachas</p>

3 Ciamar a chaidh molaidhean STPR2 a dhealbhadh?



Leanaidh pròiseas STPR2 Stiùireadh Measaidh Còmhdhail na h-Alba (STAG), cleachdadh stèidhichte bonntaichte air fianais gus duilgheadasan agus cothroman a chomharrachadh, amasan còmhdhail a shuidheachadh gus greimeachadh ris an leithid sin agus roghainnean a chruthachadh, a chriathradh agus a mheas airson atharraichean san t-siostam còmhdhail.

Tha com-pàirteachadh agus conaltradh le buidhnean de luchd-ùidhe air feadh na dùthcha air a bhith bunaiteach gus fios a chur ri STPR2 le tachartasan agus rannsachaidhean-beachd fosgailte don mhòr-shluagh aig prìomh amannan tron ath-sgrùdadh. Gus an t-ath-sgrùdadh a threòrachadh ann an roinnean STPR2 agus gus taic a chur ri obair chom-pàirteachail, chuireadh Buidhnean Obrach Còmhdhail Roinneil ri chèile le ùghdarrasan ionadail, ùghdarrasan pàircean nàiseanta agus com-pàirtichean còmhdhail roinneil.

Sa chiad dol-a-mach rinneadh sgrùdadh air 14,000 beachdan a chuireadh ri chèile, a' cruthachadh liosta fada le 2,800 roghainn. Dh'adhbhraich co-obrachadh, criathradh, daingneachadh agus sgrùdadh gun deach 1,400 roghainn a chuir mar 80 seòrsaichean roghainn coltach ri chèile airson measaidh.

Thug na riaghailtean measaidh feart air na h-amasan agus na còig riaghailtean STAG gus na pròiseactan as fheàrr a cho-dhùnadh. Bheirear feart cuideachd do chunnartan, mì-chinnt agus cuspairean eile leithid cosgais, coltas coileanaidh agus cho tlachdmhor is a tha roghainnean. 'S e gnothaichean cudromach a bhios anns an leithid sin leis an sporan poblach fo chuideam.

Clàr 3

Conaltradh STPR2



20

BÙITHTEAN-OBACH ROINNEIL CRUTHACHADH ROGHAINNEAN



10

BÙITHTEAN-OBACH NÀISEANTA



4

TACHARTASAN COM-PÀIRTEACHADH GNÌOMHACHAIS



7

CUAIRTEAN DE CHOINNEAMHAN BUIDHNEAN OBACH ROINNEIL



5

BÙITHTEAN-OBACH MEASaidH BUAIDH REACHDAIL



22

BÙITHTEAN-OBACH ROINNEIL A THAOBH DUILGHEADASAN AGUS COTHROMAN

{300} BUIDHEANN GAN RIOCHDACHADH

CONALTRADH AGUS CO-CHOMHAIRLEACHADH STPR2 ANN AN ÀIREAMHAN



150

AGALLAMHAN STÈIDHICHTE ROINNEIL



600

CONALTRADH RI 600 LUCHD-ÙIDHE AIR LETH




394

FREAGAIRTEAN DO EARRAINN 1 AGUS BILEAGAN BEACHD CAIBIDEIL MUN ARGAMAID NÀISEANTA AIRSON ATHARRACHAIDH

3,025



FREAGAIRT DON RANNSACHADH-BEACHD NÀISEANTA



655

CONALTRADH RI 655 SGOILEAR

30

SEISEANAN COM-PÀIRTEACHADH SGOILE



454

FREAGAIRTEAN DO CHO-CHOMHAIRLEACHADH DREACHD STPR2 AGUS NA MEASaidHEAN BUAIDH NA CHOIS

Bheir am pròiseas measaidh aig STPR2 feart air prìomhachasan poileasaidh an riaghaltais cuideachd. Mar eisimpleir:

- chuireadh deuchainn an sàs gus am bithear cinnteach gun cur molaidhean STPR2 ri prìomhachas Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta 2 (NTS2) “Ri gnìomh a thaobh na gnàth-shìde” geallaidhean nas fharsainge a thaobh net neoni de eimiseanan carboin
- mheasadh gach roghainn ann an STPR2 a rèir an àite ann an Rangachaidhean Siubhail agus Tasgaidh Seasmhaich NTS2. Bheir iad sin prìomhachas do:
 - coiseachd, cuibhleachadh, baidhseagal agus còmhdhail poblach air thoiseach air siubhal ann an car
 - am feum siubhail gu neo-sheasmhach a lùghdachadh ro cheumnan bun-structair cuimsichte.


Chaidh seann leud STPR2 atharrachadh cuideachd gus feart a thoirt air COVID-19. Dh’fhoillsichear aithisg Ceum 1 sa Ghearran 2021 a’ coimhead ri gnìomhan a ghabhas a dhèanamh anns na còig bliadhna a tha air thoiseach a dh’fhaodadh siubhal seasmhach a chuideachadh agus a ghabhadh a thoirt air adhart gus taic a chur ri togail eaconomach. Tha an aithisg mu dheireadh a’ gabhail a-steach agus le sin a’ dol an àite molaidhean Ceum 1 agus a tha a’ coimhead ris an ùine eadar 2022 agus 2042. Cruthaichidh freagairtean maireannach do COVID-19 leithid obair tuilleadh às an dachaigh, ge-tà, eileamaid de mhì-chinnt a thaobh nòsan siubhail san àm ri teachd, ach cuideachd barrachd chothrom cleachdaidh còmhdhail seasmhach a chleachdadh. Dh’aithnich an t-ath-sgrùdadh a’ mhì-chinnt seo agus rinn

e cinnteach gun lorgar eileamaid de shùbailteachd agus luathas gus leigeil le cuid de mholaidhean sònraichte a bhith gan ath-sgrùdadh no atharrachadh mar a dh’fhàsas pàtrain siubhail nas soilleire.


Nì Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail (SEA) cinnteach gum beachdaich STPR2 air buaidhean a dh’fhaodadh pròiseactan còmhdhail a thoirt air an àrainneachd. Rinneadh measaidhean buaidh air cuspairean leithid co-ionannachd, cor chloinne agus coimhearsnachdan eileanach cuideachd feuch ciamar a bheir STPR2 deagh bhuidh air buidhnean san t-sluagh.

Clàr 4


Rangachadh còmhdaill sheasmhaich



Rangachadh tasgaidh sheasmhaich



Clàr 5 Cunntas Pròiseas Leasachadh STPR2



Cumar molaidhean STPR2 fo shia chinn:

- leasachadh air bun-structar siubhail ghnìomhaich
- buaidh a thoirt air roghainnean agus cleachdaidhean siubhail
- a' leudachadh cothrom air chomhdhail phoblach le cosgais reusanta
- carbon a thoirt a-mach à còmhdhail
- cur ri sàbhailteachd agus neart air a' phrìomh lìonradh chòmhdhail
- neartachadh prìomh cheangalaichean

Bheirear cunntas air gach ceann agus na molaidhean co-cheangailte sa chòrr den aithisg seo. Bheir Clàr 6 geàrr-iomradh air na rinneadh an taic ri amasan STPR2. Gheibhear fiosrachadh a bharrachd aig:

transport.gov.scot/stpr2/

'S e a' phrìomh bhuannachd sreath de mholaidhean a dhèanamh don dùthaich air fad gun cùm e cùisean co-chòrdail (an t-aon mholadh ga dhèanamh san fharsaingeachd don aon thrioblaid/cothrom ann an diofar àite).






Ge-tà, feumar na molaidhean farsaing sin an gleansadh na h-uibhir gus am freagair iad air na trioblaidean agus cothroman roinneil a chithear ann an diofar cheàrnaidh den dùthaich.






Rinneadh seo le a bhith a' cruthachadh sreath de phasganan roinneil a tha a' gabhail a-steach nan 45 molaidh.

Nochdaidh Clàr 7 (Duilleag 19) molaidhean a rèir gach roinn STPR2.

Clàr 6 Dèanadas nam Moladh a rèir Amasan

Moladh ▼	Amasan STPR2				
	Gnothaich ri Gnimh a thaobh na Gnàth-shìde	A' greimeachadh ri Co-ionannachd & Ruigsinneachd	Bheir e Piseach air Slàinte & Sunnd	Cumaidh e Taic ri Fàs Eaconomach Sheasmhach	Cuiridh e ri Sàbhailteachd & Neart
A' Leasachadh bun-structar siubhal gnìomhaich					
(1) Coimhearsnachdan ceangailte	✓	✓	✓	✓	✓
(2) Slighean saora gnìomhach agus ionadan parcaidh baidhseagail	✓	✓	✓	✓	✓
(3) Ceanglaichean Siubhail Gnìomhach Baile Beag gu Baile nas Motha	✓	✓	✓	✓	✓
(4) Bailtean a cheangal tro shiubhal gnìomhach	✓	✓	✓	✓	✓
(5) Lìonradh siubhail gnìomhach astar fada	✓	✓	✓	✓	✓
Buaidh a thoirt air roghainnean agus cleachdaidhean siubhail					
(6) Iomairtean atharrachadh cleachdaidh	✓	✓	✓	✓	✓
(7) Dol-a-mach luchd-cleachdaidh rathaid atharrachadh	✓	✓	✓	✓	✓
(8) Tuilleadh siubhail gnìomhaich don sgoil	✓	✓	✓	✓	✓
(9) Cothrom nas fheàrr air baidhseagalan	✓	✓	✓	✓	✓
(10) Leudachadh air sgìrean agus casgan-astar 20mph	✓	✓	✓	✓	✓
A' Leudachadh Cothrom air Còmhdhail Phoblach air Pris Reusanta					
(11) Metro Cluaidh	✓	✓	✓	✓	✓
(12) Mòr-chòmhdhail Dhùn Èideann agus Ear-dheas na h-Alba	✓	✓	✓	✓	✓
(13) Siubhal Luath Obar Dheathain	✓	✓	✓	✓	✓
(14) Ceumannan prìomhachais ro-innleachdail do bhuisaichean a chur an sàs	✓	✓	✓	✓	✓
(15) Piseach air slighe Prìomh Rathad-iarainn na Gàidhealtachd	✓	✓	✓	✓	✓
(16) Piseach air slighe rathad-iarainn Pheirt-Dhùn Dè-Obar Dheathain	✓	✓	✓	✓	✓
(17) Piseach air slighe rathad-iarainn Dhùn Èideann/Glaschu-Peart/Dùn Dè	✓	✓	✓	✓	✓

Moladh ▼	Amasan STPR2				
	 Gnothaich ri Gnìomh a thaobh na Gnàth-shìde	 A' greimeachadh ri Co- ionannachd & Ruigsinneachd	 Bheir Piseach air Slàinte & Sunnd	 Taic a Chumail ri Fàs Eaconomaigeach Sheasmhach	 A Chuireas ri Sàbhailteachd & Neart
(18) Taic ri turasan aonaichte aig puirt-aiseig	✓	✓	✓	✓	✓
(19) Bun-structar a bheir cothrom do na h-uile aig stèiseanan-rèile	✓	✓	✓	✓	✓
(20) Tasgadh ann an Siubhal is Cothrom Gluasad a Fhreagras air Feuma mar Sheirbhis	✓	✓	✓	✓	
(21) Goireasan atharrachadh luchd-siubhail còmhdhail phoblach nas fheàrr	✓	✓	✓	✓	✓
(22) Frèam-obrach airson ionadan siubhail a stèidheachadh	✓	✓	✓	✓	✓
(23) Tiocaiden còmhdhail phoblaich a tha ciallach agus aonaichte	✓	✓	✓	✓	✓
Carbon a thoirt a-mach à còmhdhail					
(24) Ùrachadh agus atharrachadh nam bàta-aiseig agus carbon a thoirt a-mach às a' ghnòthaich	✓	✓	✓	✓	✓
(25) Carbon a thoirt a-mach à siostam nan rèile	✓	✓	✓	✓	✓
(26) Carbon a thoirt a-mach à siostam nam bus	✓		✓		
(27) Atharrachadh cleachdaidh agus gluasad modh do bhathar	✓		✓	✓	✓
(28) Carbadan gun eimiseanan agus atharrachadh ann am bun-structar	✓				
Cur ri sàbhailteachd agus neart air a' phrìomh lionradh chòmhdhail					
(29) Slighe gu Earra Ghàidheal (A83)		✓	✓	✓	✓
(30) Leasaichean sàbhailteachd rathad cheangail agus mòr-rathaidean mar adhartas a dh'ionnsaigh 'Rùn Neoni'		✓		✓	✓
(31) Atharrachadh agus neartachadh rathad cheangail agus mòr-rathaidean ma choinneamh atharrachadh na gnàth-shìde	✓	✓	✓	✓	✓

Moladh ▼	Amasan STPR2				
	 Gnothaich ri Gníomh a thaobh na Gnàth-shìde	 A' greimeachadh ri Co-ionannachd & Ruigsinneachd	 Bheir Piseach air Slàinte & Sunnd	 Taic a Chumail ri Fàs Eaconomaigeach Sheasmhach	 A Chuireas ri Sàbhailteachd & Neart
(32) Ùrachadh rathad cheangail agus mòr-rathaidean airson earbsachd, neart agus sàbhailteachd		✓	✓	✓	✓
(33) Siostaman Còmhdhail Ciallach na h-Àm ri Teachd	✓	✓	✓	✓	✓
(34) Ùrachadh Siostam Còmhdhail Alba	✓			✓	✓
(35) Ùrachadh agus Ionadach an Siostaim Chiallaich Còmhdhail	✓			✓	✓
(36) Ro-innleachd gus piseach do ghoireasan fois agus cor do dhraibhearan làraidh			✓	✓	✓
(37) Piseach air siubhal gnìomhach air rathaidean ceangail tro choimhearsnachdan	✓	✓	✓	✓	✓
(38) Plana Rian Astar	✓		✓	✓	✓
Neartachadh prìomh cheangalaichean					
(39) Slighe sheasmhach gu Sgìre Tasgaidh Inbhir Ghrainnse	✓	✓	✓	✓	✓
(40) Slighe gun t-Sròin Reamhair agus puirt Chàirn Rìoghain			✓	✓	✓
(41) Cothrom air ceanglaichean cruaidhe do Chaolas na Hearadh, Caolas Bharraigh, agus ceangal cruaidh eadar Eilean Mhuile agus tìr-mòr na h-Alba		✓	✓	✓	✓
(42) Obair ann am bun-structar port mar thaic do dh'ùrachadh agus atharrachadh nan soitheach, agus beag air bheag carbon a thoirt a-mach às a' ghnothaich	✓	✓	✓	✓	✓
(43) Sàr-phlanaichean nan stèisean mòra	✓	✓	✓	✓	✓
(44) Stèiseanan agus goireasan do bhathar air rèile	✓		✓	✓	✓
(45) Leasachadh rèile astar luath agus tarsaing air a' chrìoch	✓	✓	✓	✓	✓


Tha an aithisg seo a' dèanamh 45 moladh a chuimsicheas tasgadh air roghainnean còmh-dhail seasmhaich. Às na molaidhean sin, tha na 28 a leanas a' toirt buannachdan seachad do dhaoine fa leth, coimhearsnachdan agus gnìomhachasan air feadh a' mhòr-chuid de sgìrean na h-Alba:

- 1 3 4 5 6 7 8
- 9 10 14 19 20 21 22
- 23 25 26 27 28 30 31
- 32 33 34 35 36 37 38

Bheir 17 molaidhean a bharrachd buannachdan do ghrunnan roinnean. Nochdaidh a' chairt roinnean ann an Clàr 7 molaidhean a tha:

- sònraichte do aon no dhà roinn
- a tha coitcheann ach a bheir buannachd shònraichte do chuid de sgìrean

Clàr 7 Molaidhean a rèir Roinne



- Earra-Ghàidheal is Bòid
- Siorrachd Inbhir Àir agus Arainn
- Dùn Èideann agus an Ear-dheas
- Srath Foirthe
- Baile Ghlaschu
- A' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan
- Ear-thuath na Alba
- Cricochan na h-Alba
- Sealtainn
- Iar-dheas na h-Alba
- Bailtean Tatha

Leasachadh air bun-structar siubhail ghnìomhaich

A' toirt misneachadh do bharrachd dhaoine a bhith a' coiseachd, cuibhleachadh agus dol air baidhseagal nas trice:

- gearraidh e eimiseanan carboin
- lùghdaicheas mì-ionnannachd le cothrom nas fheàrr a thoirt air obraichean, seirbhisean agus cur-seachadan
- nì e coimhearsnachdan nas càilear
- bheir piseach air slàinte
- a chumas taic ri fàs eaconomaigeach sheasmhach

Cruthaichidh slighean siubhail gnìomhach cothroman sònraichte do dhaoine a tha ann an cunnart às-dùnadh sòisealta, leithid

daoine le ciorram, òigridh agus feadhainn nas sine, agus an fheadhainn gun chothrom air càr. Dh'obraicheadh na trì molaidhean bun-structar siubhail ghnìomhaich ann an STPR2 – ceanglaichean siubhail ghnìomhaich baile beag gu baile as motha **(3)**, Bailtean a cheangal le siubhal gnìomhach **(4)** agus lionradh siubhal gnìomhach astar fada **(5)** – còmhla, agus le lionraidhean agus ceanglaichean làthaireil, gus ceanglaichean de shàr-chàileachd a thoirt do dhaoine a bhios ri coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail am broinn agus eadar coimhearsnachdan na h-Alba.

Dh'obraicheadh iad le lionraidhean a tha ann an-dràsta leithid an Lionradh Nàiseanta Baidhseagail agus dhèanadh iad ceanglaichean a-steach gu agus am broinn sgìrean bailtean tro molaidhean STPR2 airson Coimhearsnachdan Ceangailte **(1)** agus slighean saora Gnìomhach **(2)**.

Gus am biodh iad èifeachdach, dh'fheumadh cur an sàs molaidhean bun-structar siubhail gnìomhaich STPR2 dòigh com-pàirteachail, gu h-àraid le na h-ùghdarrasan ionadail agus Com-pàirtichean Còmhdhail Roinneil.

1 Coimhearsnachdan ceangailte

'S iad coimhearsnachdan ceangailte na buill còmhhdail ann an coimhearsnachdan 20 mionaid, dòigh gus coimhearsnachdan nas fheàrr air an ceangal agus nas ruigsinnich fhaighinn. Tha iad gan dèanamh ann an dòigh gus an dèan uiread de dhaoine agus a ghabhas a' chùis air a' mhòr-chuid de na feumalachdan làitheil aca am broinn cuairt, cuibhleachadh no turas baidhseagail reusanta bhon dachaigh aca. Bheireadh coimhearsnachdan ceangailte spionnadh do choiseachd,

cuibhleachadh agus baidhseagail airson turasan làitheil goirid le lionraidhean ioma-chuimseach de shlighean siubhail gnìomhach freagarrach (mu 800m) à prìomh àiteachan ann am meadhan baile no coimhearsnachd. Dhèanadh iad ceanglaichean nas fheàrr le sgìrean fuirich agus còmhhdail phoblach ri làimh.

Molaidh STPR2 coimhearsnachdan ceangailte a stèidhicheadh ann am bailtean is cathair-bhailtean. 'S e a bhiodh

ann an seo ach sreathan de leasachaidhean ann am bun-structar gnìomhach a-staigh ann agus mun cuairt air meadhanan bailtean agus coimhearsnachdan, mar eisimpleir slighean-coiseachd, croisean rathaid, uachdar shlighean, solais agus àrnais sràide. Ann an sgìre mhòr ann am baile, ghabhadh coimhearsnachdan ceangailte eadar-dhealaichte a cheangal le slighean saora gnìomhach. **(2)**

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

2 Slighean saora gnìomhach agus ionadan parcaidh baidhseagail

Bheireadh slighean saora gnìomhach misneachadh do bharrachd dhaoine a bhith a' coiseachd, cuibhleachadh agus dol air baidhseagal na bu trice le slighean dìreach gnìomhach freagarrach, gan cumail air leth bho charbadan, air slighean tranga ann an sgìrean mòra bailtean. Le piseach a thoirt air sàbhailteachd, bhiodh slighean saora gnìomhach nan cuideachadh a thaobh cunnart rathaid, an cunnart as mò a thaobh siubhal gnìomhach a thoirt air adhart.

Molaidh STPR2 slighean saora gnìomhach a thogail ann

an slighean le iartas mhòr ann an sgìrean mòra bailteil na h-Alba, le prìomhachas ga thoirt an toiseach do na cathair-bhailtean as motha. Cheangladh lionraidhean ioma-chuimseach de shlighean saora gnìomhach coimhearsnachdan air oirean, nam measg an fheadhainn le ceanglaichean còmhdaidh truagh, gu meadhan bhailtean agus cinn-uidhe cudromach eile.

Bheireadh ceanglaichean taic – leithid an fheadhainn a rinneadh le coimhearsnachdan Ceangailte **(1)** – an cothrom do dhaoine air slighean

saora gnìomhach eadar na dachaighean, sgoiltean agus ionadan-obrach, agus àitichean tranga eile. Cheangladh slighean saora gnìomhach ri slighean eile gus ceanglaichean a dhèanamh ri bailtean eile.

Ghabhadh ionadan parcaidh tèarainte do bhaidhseagalan a stèidheachadh ann an àitichean tranga gus freagairt air an àrdachadh ann an cleachdadh baidhseagail a thigeadh an cois lionraidhean slighean saora gnìomhach.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

- 3** Ceanglaichean siubhail gnìomhach baile beag gu baile nas motha
- 4** Bailtean a cheangal tro shiubhal gnìomhach
- 5** Lìonradh siubhail gnìomhach astar fada

Thig na trì molaidhean slighean gnìomhach eadar-baile sin còmhla gus lìonradh air feadh na dùthcha a chruthachadh a cheanglas coimhearsnachdan na h-Alba do mhuinntir a tha ri coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail.

Bhiodh e na spionnadh do choiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail nan dèanar tuilleadh slighean freagarrach agus na bu shàbhailte agus na bu ghoireasaich. Tha e deatamach dèiligeadh ri draghan sàbhailteachd le cumail air falbh bho charbadan, agus an cleachdadh air rathaidean a-mhàin ma tha iad sàmhach agus le casgan-astar ìosal orra.

Thigeadh buannachdan àrainneachd an cois nan slighean sin agus bheireadh iad buannachdan slàinte do dhaoine a bhiodh ri coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagal. Bhiodh iad nan cuideachadh le trioblaidean do dhaoine a chumar tric bho chòmhdhail, leithid daoine le ciorram, òigrìdh agus feadhainn nas sine, agus an fheadhainn gun chothrom air càr.

Molaidh STPR2 slighean gnìomhach ùra agus leasaichte a chruthachadh a cheangladh coimhearsnachdan beaga dùthchail ri bailtean a tha faisg orra **(3)**, ceangal a dhèanamh eadar bailtean na h-Alba **(4)** agus

caithir-bhailtean, roinnean agus prìomh bealaichean na Alba a cheangal **(5)**.

Chuidicheadh slighean eadar bailtean beaga agus bailtean nas motha le sgar de a bhith a' cleachdadh càraichean air tursan goirid dùthchail agus leigeadh le daoine buannachd fhaighinn bho chothrom air bathar agus seirbhisean ionadail.

Nam biodh bailtean gan ceangal bhiodh e a' ciallachadh gum faigheadh feadhainn gun chothrom air an lìonradh siubhail gnìomhach astar-fada ceangal gu cathair-bhailtean agus bailtean a bhiodh faisg orra. Gheibheadh bailtean a bhiodh

caran faisg air a' chèile agus far am biodh na cothroman a bu mhotha ann an atharrachadh bho chàr gu shiubhal gnìomhach prìomhachas a thaobh ceangal.

Thigeadh a' mhòr-chuid de na buannachdan bhon lìonradh siubhal gnìomhach astar-fada bho thurasan caran goirid eadar no am broinn nan coimhearsnachd tron deidheadh iad. Chuireadh an lìonradh ris an Lìonraidh Baidhseagal Nàiseanta a tha ann gus lìonradh nàiseanta de shlighean siubhail gnìomhach a bhiodh gu ìre coltach ri lìonradh nan rathad ceangal agus rèile, a chruthachadh.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

Buaidh a thoirt air roghainnean agus cleachdaidhean siubhail

Tha na molaidhean fon cheann seo a' cuimseachadh air buaidh a thoirt air daoine gus roghainnean siubhail nas fallainn, nas seasmhaiche agus nas sàbhailte.

Tha cuid de mholaidhean-lomairtean atharrachadh dol-a-mach **(6)**, Tuilleadh siubhail gnìomhaich don sgoil **(8)** barrachd chothrom air baidhseagan **(9)** – ag iarraidh daoine a mhisneachadh agus a chuideachadh feum a dhèanamh de chòmhdhail gnìomhach, poblach agus roinnte. A bharrachd air buannachdan a bhith annta fhèin, chuireadh na eadar-theachdan sin ri luach mòran mholaidhean STPR2 eile le comas a

thoirt do bharrachd dhaoine feum a dhèanamh den bhun-structar agus seirbhisean a bhiodh ann.

Tha molaidhean eile fon cheann seo – Atharrachadh air dol-a-mach luchd-cleachaidh rathaid **(7)** Leudachadh air casgan-astar agus sgìrean 20mph **(10)** – ag amas air piseach air sàbhailteachd rathaid le astaran charbad a thoirt a-nuas agus cleachdadh rathad nas cunntachail a bhrosnachadh. Chan e a-mhàin gun tigeadh buannachd bho nas lugha de thubaistean, dh'atharraicheadh seo beachdan mu chunnart rathaid, rud a bhios na bhacadh mhòr do shiubhal ghnìomhach.

Gus am biodh an leithid èifeachdach, dh'fheumadh cur an sàs nam moladh STPR2 sin dòigh-obrach com-pàirteachail eadar nan iomadh buidhean poblach, priobhaideach agus coimhearsnachd a bhios an sàs ann an atharraichean ann an roghainnean agus dol-a-mach siubhail.

6 Iomairtean atharrachadh cleachdaidh

Thigeadh iomadh buannachd slàinte, ion-ghabhalachd agus buannachd an cois toirt air barrachd dhaoine roghainnean siubhail gnìomhach agus seasmhach a dhèanamh na bu trice. Tha tuilleadh fianais ann de dh'èifeachd iomairtean atharrachadh dol-a-mach agus aithne agus cleachdadh siubhail gnìomhach agus seasmhach àrdachadh.

Molaidh STPR2 togail air prògraman a tha ann mar-thà gus iomairtean ionadail,

roinneil agus nàiseanta a bhrosnaicheas, a chuidicheas agus a phiobraicheas tuilleadh dhaoine roghainnean gnìomhach agus seasmhach a chleachdadh nas trice. Thogadh iomairtean aithne mu roghainnean siubhail còmhdaidh seasmhaich agus bheireadh iad spionnadh do dhaoine an roghainn as freagarraich a dhèanamh do na turasan aca, leithid coiseachd, cuibhleachadh, baidhseagail, còmhdaidh poblach no seirbhisean gluasad roinnte.

Am measg nan gnìomh bhiodh fiosrachadh, iomairtean agus obair sanasachd, duaisean airgid agus tachartasan coimhearsnachd a thoirt seachad. Bidh na h-iomairtean sin nas èifeachdaiche ma thogas iad aithne mu bhun-structar agus seirbhisean ùra, nam measg an fheadhainn a thig an cois molaidhean STPR2.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

7 Dol-a-mach luchd-cleachdaidh rathaid atharrachadh

Tha rùn aig Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid na h-Alba gus am bi aig Alba na rathaidean as sàbhailte san t-saoghal ro 2030. Ma nithear cinnteach gun tuig luchd-cleachdaidh rathaid uile an uallaichean sàbhailteachd faodaidh sin barrachd spèis adhbharachadh eadar luchd-cleachdaidh agus piseach a thoirt air beachdan agus dol-a-mach a chum an cuid sàbhailteachd fhèin agus càich. Adhbharaichidh seo dol-a-mach nas ciallaich, a dh'adhbhraicheas, còmhla ri smachd èifeachdach air astar,

nas lugha dhaoine leòinte air na rathaidean.

Tha piseach air sàbhailteachd gu h-àraid riatanach leis gu bheil molaidhean STPR2 a' feuchainn ri tuilleadh choiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail a bhrosnachadh.

Molaidh STPR2 teicneòlas smachd astar a chur an sàs agus iomairtean atharrachadh dol-a-mach sàbhailteachd rathaid, prògraman foghlam agus trèanaidh (leithid, Seachdain

Rùm do Bhaidhseagail agus Sàbhailteachd Rathaid) gus leigeil le luchd-cleachdaidh rathad uile an uallaichean a thuigse a thaobh sàbhailteachd rathaid. Chuireadh sin ri lùghdachadh ann an astar nan carbad agus nas motha tuigse agus spèis eadar luchd-cleachdaidh rathaid uile. Agus dh'adhbhraicheadh seo fhèin nas lugha leòintich air an rathad agus àrainneachdan nas sàbhailte a bhrosnaicheas ion-ghabhalachd agus siubhal gnìomhach.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

8 Tuilleadh siubhail gnìomhaich don sgoil

Adhbhraichidh tuilleadh coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail buannachdan slàinte agus sunnd do dh'òigridh, an teaghlaidhean agus an luchd-cùraim. Faodaidh seo cleachdaidhean siubhail fallainn adhbhrachadh airson an còrr dem beatha.

Cuiridh siubhal don sgoil gu mòr ri ìrean charbadan air an rathad, agus tha ìrean de choiseachd don sgoil air tuiteam ann an Alba thairis air na deich bliadhna a chaidh seachad, cha do chothromaich tuilleadh baidhseagail agus

scùtadh seo ach gu ìre bheag. 'S e dragh mu shàbhailteachd rathaid fear de na bacaidhean as motha do shiubhal ghnìomhach a thogas pàrantan agus luchd-cùraim. Dh'iarradh am moladh seo piseach a thoirt air slighean siubhail gnìomach, nas lugha charbaidean a bhith orra agus iad a bhith nas slaodaich agus greimeachadh ri dùmhachd, gum biodh le sin tuilleadh ri siubhal ghnìomhach a' dol don sgoil.

Molaidh STPR2 slighean coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail nas fheàrr

agus nas sàbhailte gu bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean tro phrògram chunbhalach de sgeimichean ionadail bun-structair. Nam measg bhiodh atharrachadh ann an cleachdadh rùm air rathaidean agus puingean dol-tarsaing, uachdaran agus solais nas fheàrr – le taic bho cheumannaan astar charbad a lùghdachadh far am biodh an leithid iomchaidh. An cois a' mholaidh seo bhiodh cuideachd ceumannaan atharrachaidh dol-a-mach gus an giùlaineadh dràibhearan iad fhèin na b' fheàrr aig sgoiltean.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

9 Cothrom nas fheàrr air baidhseagalan

Chan fhaigh ach daoine le cothrom air baidhseagail buannachd à tasgadh ann am bun-structar slighe baidhseagail ùr no làthaireach. Faodaidh cosgais baidhseagail agus na rudan a bhios na chois – leithid solais, glasan agus clogaidean – a bhith smaoinichail do chuid, gu h-àraid teaghlaichean agus feadhainn le baidhseagalan nas sònraichte a dhìth orra. Seallaidh rannsachadh gu bheil feadhainn a tha a’ fiosrachadh cruas sòisealta no eaconomach nas mì-dhualtaiche dòighean-

siubhail gnìomhach a chleachdadh. Chan eil ach aig trian de theaghlaichean na h-Alba cothrom air aon no bharrachd baidhseagail agus cha bhiodh aig a’ mhòr-chuid baidhseagail a fhreagradh air gach neach no na goireasan freagarrach gus baidhseagalan a chleachdadh agus a chumail gu sàbhailte.

Is tric a chithear dìth chothrom air trèanadh no taic a bheireadh an earbsa agus an comas a dh’fheumas iad airson siubhal air baidhseagail.

Molaidh STPR2 cothrom nas fheàrr air baidhseagalan tro sgeimichean a thogadh air prògraman soirbheachail a tha ann mar-thà agus obair buidhnean taic stèidhichte.

Dh’ullaicheadh na ceumannan gus freagairt air feumalachdan na coimhearsnachd ionadail agus greimeachadh air mì-ionnannachd le a bhith a’ cuimsicheadh air an fheadhainn a bu mhotha a gheibheadh buannachd à baidhseagail (agus coiseachd agus cuibhleachadh dan rèir).

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

10 Leudachadh air sgìrean agus casgan-astair 20mph

Tha rùn aig Riaghaltas na h-Alba casg-astair nas sàbhailte de 20mph air rathaidean freagarrach ro 2025. Faodaidh tuilleadh casgan-astair agus sgìrean 20mph aig àitichean freagarrach ann an cathair-bhailtean, bailtean agus bailtean-beaga eagal cunnart rathaid a lùghdachadh; eagal a chuireas bacadh air gu leòr bho bhith ri coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail.

Seallaidh fianais gun tuit àireamh dhaoine leòinte air rathaidean le sgìrean 20mph

a thoirt a-steach agus thathas còig tursan nas coltaiche tighinn beò à tubaist rathaid ma bhuaileas carbad ann an neach-coiseachd aig 20mph an taic ri 30mph. Bidh an fheadhainn anns na carbadan fhèin cuideachd nas sàbhailte aig astaran nas lugha.

Molaidh STPR2 taic a chur ri Buidheann Obrach Riaghaltas na h-Alba 20mph le prògraman agus iomairtean ionadail a tha a' dol san là a tha ann a leudachadh gus an stèidhichear casgan-astair agus sgìrean ùra

agus leudaichte 20mph air rathaidean freagarrach ann an caithir-bhailtean, bailtean agus bailtean beaga air feadh Alba. Sa bhitheantas, bhiodh iad sin far a bheileas gu tric ri coiseachd. Feumar dòigh-obrach com-pàirteachail seach is gum biodh a' mhòrchuid de na casgan 20mph air rathaidean ionadail (chan eil ceangal) a tha fo na h-ùghdarrasan ionadail. Bheireadh iomairtean sàbhailteachd rathaid a bhiodh nan cois brosnachadh do dhràibhear a bhith nas modhail ann an sgìrean 20mph.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

A' leudachadh cothrom air comhdhail phoblach le cosgais reusanta

Feumaidh mòran dhaoine cothrom air còmh-dhail phoblach saor agus earbsach, gus an ruig iad air obraichean, foghlam agus prìomh sheirbhis. Tha seo fìor do mhuinntir nan sgìrean dùthchail a bharrachd air muinntir nam bailtean. Bhrosnaicheadh cur ri bun-structar riatanach tuilleadh feum ga dhèanamh de chòmh-dhail phoblach, rud a dh'adhbhraicheadh lùghdachadh ann an turasan chàir agus na h-eimiseanan a tha nan cois.

Gus greimeachadh ri feumalachdan eadar-

dhealaichte aig an t-sluaigh feumar farsaingeachd mholaidhean a dh'aithnicheas na dùbhlain agus bacaidhean sònraichte don fheadhainn a chleachdas còmh-dhail poblach. Gabhaidh seo a-steach leasachadh air stèiseanan agus eadar-chrasgan còmh-dhail **(18,19,21,22)**, agus sgeimichean tiocaid agus pàighidh ciallach aonaichte freagarrach ullachadh **(23)** gus cur ri ruigsinneachd agus reusantachd phrìsean nan seirbhis.

Thèid farsaingeachd cheumannan còmhla ri seo dha sgìrean cathair-

bhaile le barrachd sluaigh annta. Nam measg, tha molaidhean far an adhbhraich còmh-dhail do mhòran atharrachadh bunaiteach ann am frithealadh seirbhis **(11,12,13)** agus feadhainn a tha a' cuimseachadh air prìomh slighean no trannsaichean far an toir bus agus trèana an t-seirbhis as èifeachdaiche **(14,15,16,17)**. A bharrachd air an seo, faodaidh fuasglaidhean a dh'aon gnothaich freagairt air feumalachdan sònraichte le nas lugha sluaigh tro Chòmh-dhail a Fhreagras air Iarrtas (DRT) agus Còmh-dhail mar Sheirbhis (MaaS) **(20)**.

11 Metro Chluaidh

Tha cho trang is a tha na rathaidean ann an Roinn Baile Ghlaschu a' dèanamh chòmhdhail phoblaich nas mì-tharraingich, ag adhbhrachadh tuilleadh thurasan chàir.

Bidh siostaman còmhdhail Metro a' gabhail a-steach busaichean luath (BRT), trama, rèile aotram agus rèile metro. Chuireadh iadsan ris an t-seirbhis a bheir rèile àbhaisteach seachad.

Tha Metro Chluaidh ag amas air piseach a thoirt air ceanglaichean am broinn baile

Ghlaschu le sàr-cheanglaichean còmhdhail phoblaich a stèidheachadh gu prìomh ionadan agus sgìrean gun sheirbhis idir no gun sheirbhis gu leòr.

Chuidicheadh Metro Chluaidh le greimeachadh ri às-dùnadh sòisealta, bhiodh comas gu leòr ann gus atharrachadh bho chleachdadh chàir a bhrosnachadh, nas lugha eimiseanan taighean-gloinne agus piseach air cor an adhair, agus saoradh e trèanaichean airson turasan nas fhaide.

Molaidh STPR2 gun cùm Còmhdhail Alba le a obair còmhla ri Comhairle Baile Ghlaschu, Com-pàirticheas Còmhdhail Srath Chluaidh agus com-pàirtichean roinneil eile a thaobh leasachadh Metro Chluaidh.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

12 Mòr-chòmhdhail Dhùn Èideann agus Ear-dheas na h-Alba

Bheireadh siostam mòr-chòmhdhail don roinn tuilleadh roghainnean còmhdhail phoblaich airson siubhal tarsaing air crìochan, a' lùghdachadh an fheum air atharraichean nach fheum eadar na seirbhisean. Chuireadh seo ri na ceanglaichean air feadh na roinn agus bhrosnaicheadh e atharrachadh bho chàr gu còmhdhail phoblach agus roghainnean siubhail seasmhach.

Chuimsicheadh an siostam air prìomh thrannsaichean iarrtais a bharrachd air far am buail dùmhachd air seirbhisean bus agus far nach fhaighear

mòran còmhdhail phoblaich, nam measg cuimseachadh air na sgìrean nas miosa dheth far am faodar a bhith an eisimeil còmhdhail phoblaich barrachd.

Chuidicheadh an siostam le buannachdan àrainneachd agus bheireadh e piseach air amannan siubhail, agus earbsachd amannan siubhail, a' dèanamh roghainnean siubhail seasmhach nas tarraingiche.

Molaidh STPR2 gun obraich Còmhdhail Alba còmhla ri com-pàirtichean roinneil gus an siostam còmhdhail phoblaich tarsainn air

crìochan a chruthachadh agus leasachadh do Dhùn Èideann agus Ear-dheas na h-Alba, a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach còmhdhail trama agus bus, nam measg còmhdhail luath bus (BRT) agus riaghailtean prìomhachadh bus. Dheidheadh seo còmhla ri na lionraidhean bus, trama agus trèana a tha anns an sgìre mar-thà, gus cur ri na ceanglaichean eadar Dhùn Èideann agus na coimhearsnachdan mun cuairt san roinn, a bharrachd air ceanglaichean nas dìreach eadar coimhearsnachdan taobh muigh Dhùn Èideann.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

13 Siubhal Luath Obar Dheathain

Dh'adhbhraicheadh siostam còmh-dhail luath do roinn Baile Obar Dheathain barrachd còmh-dhail poblach farpaiseach agus èifeachdach a-steach agus mun cuairt air an roinn. Chuireadh seo ri na ceanglaichean air feadh na roinn agus bhrosnaicheadh e atharrachadh bho chàr gu còmh-dhail phoblach agus roghainnean siubhail seasmhach. Chuimsicheadh an siostam air prìomh thrannsaichean iarrtais a bharrachd air far am buail dùmhlachd air seirbhisean bus. Nan gluaiseadh luchd-siubhail bho chàraichean gu còmh-dhail

phoblach lùghdaicheadh e an dùmhlachd a thachdas seirbhisean bus agus bhiodh cothroman a bharrachd ann airson làraichean a dhèanamh mar thaic do chaitheamh-beatha slàn agus spòrsail.

Chuidicheadh an siostam le buannachdan àrainneachd agus bheireadh e piseach air amannan siubhail, agus earbsachd amannan siubhail, a' dèanamh roghainnean siubhail seasmhach nas tarraingiche.

Molaidh STPR2 gun cùm Còmh-dhail Alba a' dol ag obair còmhla ri Nestrans,

Comhairle Baile Obar Dheathain agus Comhairle Siorrachd Obar Dheathain gus planaichean a dhèanamh dha Obar Dheathain. Chuireadh siostam còmh-dhail luath prìomhachas air busaichean agus cheangladh e dà shlighe a tha gam moladh: Parcadh agus Siubhal Drochaid Dheathain – Westhill (tro Meadhan a' Bhaile); agus Parcadh agus Siubhal Craibstone – (ga mholadh) Eadar-chrasg Còmh-dhail Port na Leathain (tro Meadhan a' Bhaile).

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

14 Ceumannan prìomhachais ro-innleachdail do bhusaichean a chur an sàs

Adhbharaichidh ceumannan prìomhachas bus, leithid atharrachadh a thaobh rùm air an rathad, pongalachd nas fheàrr agus amannan astar nas luaithe. Nochdaidh rannsachadh gun dèanadh an leithid de bhuannachdan siubhal air bus nas tarraingiche agus gun atharraicheadh e mar a thathas ga chleachdadh nas lugha. Tha e riatanach gluasad bho chàr gun roghainn nas uaine, nas glaine seo ma tha

Alba dol a ruighinn a h-amas de eimiseanan carboin aig neoni agus tha feum deatamach air obair leis gu bheil earbsa ann an sàbhailteachd siubhal air bus air tighinn a-nuas mar thoradh air COVID-19.

Molaidh STPR2 gun cuireadh ceumannan prìomhachas bus an sàs ann am bailtean na h-Alba far as motha a tha dùmhlachd agus leanar air ceumannan prìomhachas bus

a chomharrachadh agus a chur an sàs air lionradh nan rathad cheangal agus nam mòr-rathad. Gabhaidh an leithid a thoirt air adhart am broinn lionraidhean ionadail a' cleachdadh pròiseas Maoin Com-pàirteachadh nam bus no rud coltach ris.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

- 15** Piseach air slighe Prìomh Rathad-iarainn na Gàidhealtachd
- 16** Piseach air slighe Prìomh Rathad-iarainn Pheirt-Dhùn Dè-Obar Dheathain
- 17** Piseach air slighe rathad-iarainn Dhùn Èideann/Glaschu-Peart/Dùn Dè

Nochd COVID-19 dùbhlain susbainteach don rèile a thaobh cumail a' dol le teachd a-steach ionmhais. Feumaidh an roinn tighinn beò le feumalachdan luchd-siubhail agus luchd-bathar agus iad ag atharrachadh agus tuilleadh luchd-cleachdaidh a tharraing gus an ruigear net neoni na h-Alba, agus amasan bathar-rèile agus lùghdachadh cleachdadh chàir.

A thaobh luchd-siubhail, freagraidh rèile as fheàrr air sluagh mòr a bhith a' siubhal eadar cathair-bhailtean, a'

dol le ceanglaichean doras-gu-doras le bus no siubhal gnìomhach. A thaobh bathar, freagraidh rèile gu tric air luchdan mòra/eadar-còmhdhail a' dol nas fhaide. Bu chòir tasgadh rèile san àm ri teachd, le sin, a bhith cuimsichte air na margaidean cathair-bhaile gu cathair-bhaile as treise leis gur iad na slighean far am faicear an luach a bu mhotha a-mach à leasaichean. Bu chòir airgead air bathar a chiuimseachadh air trannsaichean à Meadhan na h-Alba gu Obar Dheathain, Inbhir Nis agus slighean tarsainn air a' chrìoch.

Molaidh STPR2 prògram de leasachadh ro-innleachdach rèile gus piseach a thoirt air ùine siubhail agus gus comas agus earbsachd a dhèanamh nas fheàrr airson seirbhisean luchd-siubhail agus bathar. A thaobh Prìomh Rathad-iarainn na Gàidhealtachd, bhiodh sin a' gabhail a-steach lùban-dol-seachad ùra agus nas fhaide le barrachd sùbailteachd agus astaran nas luaithe ceadaichte.

Bhiodh leasachadh cinn-rathaid agus ceadaich astaran nas luaithe an lùib an dà chuid prògraman leasachadh Pheirt-

Dhùn Dè-Obar Dheathain agus Dhùn Èideann/Glaschu-Pheirt-Dhùn Dè. Ghabhadh cothroman gus cead tomhais àrdachadh gus trèanaichean nas àirde agus nas fharsainge a cheadachadh.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

18 Taic ri turasan aonaichte aig puirt-aiseig

Is e aon de na bacaidhean as motha do chleachdadh còmhfhail phoblaich ceanglaichean agus dith roghainnean furasta a cheadaicheadh turasan slàn. Dh'fhaodadh piseach air ruigsinneachd agus fèin-fhiosrachadh neach-siubhail nas fheàrr aig ionadan bhàta-aiseig agus goireasan eadar-chrasg a bhith nam buannachd do choimhearsnachdan dùthchail agus eileanach a bharrachd air luchd-tadhail. Bheireadh seo piseach air cleachdadh rùm luchd-

siubhail air bàtaichean agus dh'fhaodadh e rùm a shaoradh air deicichean nan carbad.

Chruthaicheadh seo tuilleadh chothroman siubhail rèidh agus bheireadh e piseach air seirbhisean, gu h-àraid don fheadhainn gun chàr.

Molaidh STPR2 sgrùdadh mionaideach air prìomh ionadan bhàtaichean aiseag a bheachdachadh air co-fhillteachd agus ruigsinneachd. Bheireadh an leithid sùil air leasachadh ann am fiosrachadh

clàr-am, sanasan, tiocaidean agus goireasan a tha a dhìth gus turas rèidh agus aonaichte a thoirt gu buil eadar na meadhanan siubhail eadar-dhealaichte. Dhèanadh an sgrùdadh molaidhean mu phrògram de leasachaidhean aonachd gus piseach a thoirt air fèin-fhiosrachaidhean an luchd-siubhail agus air ruigsinneachd aig ionadan bhàtaichean-aiseig.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

19 Bun-structar a bheir cothrom do na h-uile aig stèiseanan-rèile

Faodaidh ceumannan gus piseach a thoirt air ruigsinneachd aig stèiseanan rèile na h-Alba cuideachadh gus am faigh na h-uile air siostam a chòmhdhail a chleachdadh le cho beag bacaidhean agus a ghabhas. Bhrosnaicheadh seo barrachd feum ga chuir air rèile agus atharrachadh bho shiubhal ann an càr mar chuideachadh do dh'amasan carbon net neoni na h-Alba. Is iad

eisimpleirean slighean gun staidhre agus àrd-ùrlaran rèile a bheir cothrom a dhol air trèanaichean luchd-siubhail.

Molaidh STPR2 sgrùdadh air ruigsinneachd stèiseanan air feadh Alba gus bacaidhean gu siubhal a chomharrachadh agus a thoirt air falbh, agus ruigsinneachd a dhèanamh nas fheàrr do na h-uile dha lìonradh nan rèile, le prìomhachas dha na stèiseanan le trioblaidean

sònraichte. Ghabhadh seo a-steach cothroman a sgrùdadh gus fuasglaidhean ùra teicnigeach fheuchainn (leithid fiosan-labhairt leasaichte agus puingean cuideachaidh) gus piseach a thoirt air sàbhailteachd agus ruigsinneachd do dhaoine le comas gluasad air a chuingealachadh.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

20 Tasgadh ann an Siubhal is Cothrom Glusad a Fhreagras air Feuma mar Sheirbhis

Faodaidh tasgadh cuimsichte gus am bi e nas fhasa do dhaoine siubhail, gu h-àraid an fheadhainn gun chothrom air càr, co-ionannachd adhartachadh tro chothroman nas cothromaiche air obraichean agus seirbhisean. Ann an àitichean le dìth cheanglaichean ri busaichean, no far nach eil slighean suidhichte àbhaisteach freagarrach no obrachail, faodaidh roghainnean sùbailte leithid Còmhdhail a Fhreagras air Feuma (DRT) agus Còmhdhail Coimhearsnachd

(CT) – le taic bho Shiubhal mar Sheirbhis (MaaS) agus teicneolas ciallach, far a bheil e iomchaidh – a chleachdadh gus ceanglaichean poblach a dhèanamh nas fheàrr.

Bhiodh seo cudthromach a thaobh greimeachadh ri na diofaran soilleir eadar agus am broinn roinnean.

Molaidh STPR2 gun cleachdar airgead calpa mar thaic do sgeimichean pileit agus pròiseactan feuchainn a sheallas ciamar as urrainn

seirbhisean DRT agus CT ceanglaichean còmhdhail phoblaich agus in-fhillteachd nas fheàrr a thoirt seachad gun tuilleadh fheum air taic-airgid teachd-a-steach. Chleachdadh seo fuasglaidhean innleachdail, cleachdadh eadar-nàiseanta as fheàrr agus teicneolas ciallach.

Chuidicheadh an t-airgead gus sealltainn an gabhadh na goireasan tearc a tha ann chleachdadh nas fheàrr air feadh na lionradh poblaich, còmhdhail dachaigh gu sgoile, siubhail do dhaoine

le feumalachdan sònraichte agus siubhail euslainteach neo-èiginneach, a chur air an aon bhonn ri seirbhisean le slighean suidhichte no le slighean sùbailte. Bheachdaichear cuideachd air cothrom fiosrachadh nas fheàrr a chumail ri daoine mu roghainnean siubhail tro MaaS.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh

21 Goireasan atharrachadh luchd-siubhail còmhdhail phoblach nas fheàrr

Cuidichidh piseach air goireasan luchd-siubhail aig stèiseanan bus, stèiseanan rèile agus eadar-chrasgan còmhdhail eile le còmhdhail phoblach a chleachdadh agus gluasad bho chleachdadh chàraichean. Ghabhadh seo a-steach piseach air ruigsinneachd aig stèiseanan bus agus eadar-chrasgan eile do dhaoine le cothrom gluasad cuingichte.

Gabhaidh leasaichean a dhèanamh air cruth agus tèarainteachd bun-structair –

air agus am broinn stèiseanan bus, stèiseanan rèile agus eadar-chrasgan còmhdhail – a bharrachd air leasachadh air cor fiosrachaidh, sanasan agus lorg slighe bun-structair do luchd-cleachdaidh nan goireas.

Bidh leasaichean gu h-àraid cudthromach gus luchd-siubhail a thàladh air ais gu còmhdhail phoblach as dèidh COVID-19.

Molaidh STPR2 togail air bun-structar a bheir cothrom do na h-uile aig stèiseanan-rèile **(19)**

agus Frèam-obrach Siubhail Ruigsinneach na h-Alba prògram de leasaichean eadar-chrasgan a thòiseachadh. Chuimsicheadh seo air leasaichean, no far an fheumar, goireasan ùra a thogail. Bheachdaichear cuideachd air cothroman co-obrachadh le dòighean siubhail gnìomhach a leasachadh gus piseach a thoirt air cothrom san fharsaingeachd air seirbhisean còmhdhail phoblach.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

22 Frèam-obrach airson ionadan siubhail a stèidheachadh

Nì leasachadh air ceanglaichean eadar seirbhisean còmhdhail phoblaich, siubhail gnìomhach (coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail) agus còmhdhail roinnte, cùisean nas fhasa do dhaoine, gu h-àraid an fheadhainn as aonais chàir, fhaighinn gu agus bhon cheann-uidhe aca. Freagraidh seo fear de na bacaidhean as motha do chleachdadh seirbhisean còmhdhail phoblaich.

Is iad ionadan siubhail goireasan far bheil diofar sheòrsaichean còmhdhail,

agus is dòcha seirbhisean eile, a' ceangal ri chèile. Cuiridh iad taic ri atharraichean ann an nòsan siubhail – samhail barrachd obair às an taigh agus cur air adhart àitichean bith-beò, nam measg coimhearsnachdan 20 mionaid – a tha ag adhbharachadh feum nas motha air goireasan ionadail. Gabhaidh ionadan siubhail a chruthachadh ann an diofar shuidheachadh, coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach nam measg, agus gabhaidh seirbhisean atharrachadh gus taic a chur ri feartan agus feumalachdan ionadail sònraichte.

Molaidh STPR2 gun cruthaichear frèam-obrach coileanaidh còmhla ri luchd-ùidhe (le na coimhearsnachdan a thathas a' frithealadh) gus an togar ionadan siubhail de dheagh chàileachd air feadh Alba. Gus am bi iad èifeachdach, ghabhadh am frèam-obrach a-steach stiùireadh gus am faicear measadh agus co-chòrdadh co-dhùnaidhean ionmhais an àm a tha ri teachd làidir. Bheireadh an leithid cruth agus slighe air adhart soilleir airson gnìomh do luchd-ùidhe.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

23 Tiocaidean còmhhdhail phoblaich a tha ciallach agus aonaichte

Ma nithear furasta e do dhaoine an ceann-uidhe a ruighinn le a dhèanamh nas simplidh tiocaidean le seirbhisean eadar-dhealaichte a chumail agus a phàigheadh, bidh còmhhdhail poblach na roghainn siubhail nas goireasaiche, sùbailte agus tarraingiche. Brosnaichidh seo daoine atharrachadh bho chleachdadh nan càr priobhaiteach agus cuiridh e taic ri siubhail nas seasmhaiche.

Gus an toirear piseach air aonadh feumar seirbhisean, teicneolas agus siostaman ùra

a thoirt a-steach a chuireas taic ri pàigheadh nas fhasa agus an cothrom faraidhean a dhèanamh nas simplidh, leithid ceann a chuir air prìsean. Gus seo aonadh thairis air gach seirbhis gabhaidh seo a-steach teicneolas pàighidh eleactronaich, cairtean ciallach agus fòn-làimhe còmhla ri siostaman rianachd nas fheàrr.

Molaidh STPR2 togail air eadar-theachdan san àm a chaidh seachad cheana agus air seirbhisean ùra gus cumail a' dol le taic agus coileanadh leantainneach de thiocaidean ciallach agus seirbhisean

pàighidh làn-aonaichte air feadh gach seòrsa de chòmhhdhail phoblach. Cuiridh am moladh seo taic ri Achd a' Chòmhhdhail (Alba) 2019 a ghabhas a-steach Bòrd Comhairle Tiocaid Ciallach Nàiseanta a stèidheachadh agus a stèidhicheas inbhe teicneolas airson tiocaidean ciallach.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

Carbon a thoirt a-mach à còmhdhail

Gus an ruigear a uallaichean a thaobh greimeachadh ri atharrachadh air a' ghnàth-shìde, stèidhich Riaghaltas na h-Alba amas eimiseanan carboin net neoni ro 2045.

Is e còmhdhail a nis an t-aon bhun-tùs as motha airson eimiseanan carboin, le carbadan air na rathaidean air a dhol suas a trì uiread anns na ceithir deicheadan a chaidh seachad. Adhbharaichidh càraichean a-nis 39 sa a cheud de eimiseanan carboin agus làraidhean bathar air cùl 25 sa cheud eile.

Nochd rannsaichean gur e an t-aon dòigh san ruigear amas net neoni measgachadh de:

- carbon a thoirt a-mach à còmhdhail luchd-siubhail agus bathar gu luath
- lùghdachadh ann an cleachdadh charbaid le atharrachadh gu còmhdhail phoblach agus siubhal gnìomhach
- nas lugha iarrtais tro thurasan nas giorra, agus turasan a sheachnadh far an gabh an leithid a dhèanamh.

Tha sreath de mholaidhean STPR2 a thogadh na bu

thràithe a' coimhead ri taic do shiubhal gnìomhach (coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagail) agus dòighean còmhdhail poblach a dhèanamh nas tarraingiche.

Am measg molaidhean STPR2 gus carbon a thoirt a-mach à còmhdhail luchd-siubhail agus bathar gu luath tha:

- Ùrachadh agus atharrachadh nam bàta-aiseig agus carbon a thoirt a-mach às a' ghnothach **(24)**
- Carbon a thoirt a-mach à siostam nan rèile **(25)**
- Carbon a thoirt a-mach à

siostam nam bus **(26)**

- Atharrachadh cleachdaidh agus gluasad modh do bhathar **(27)**
- Carbadan gun eimiseanan agus atharrachadh ann am bun-structar **(28)**.

Tha na molaidhean sin co-thaobhach ri agus a' cumail taic ris am Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta (NPF4) far a bheileas gu mòr a-mach mu charbon a thoirt a-mach às na ceanglaichean.

24 Ùrachadh agus atharrachadh nam bàta-aiseig agus carbon a thoirt a-mach às an gnothaich

A bharrachd air eimiseanan a lùghdachadh, fhreagrachd obair leantainneach gus bàtaichean ùrachadh feumalachdan coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach le piseach a thoirt air seasmhachd, earbsachd, comas, ruigsinneachd agus inbhe nam bàta-aiseig. Chuireadh toirt air falbh carbon à lionraidhean Seirbhisean Bàta-aiseig Cluaidh is na h-Eileanan (CHFS) agus Seirbhisean Bàta-aiseig

nan Eilean a Tuath (NIFS) taic ri Ùrachadh Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde 2018 gu 2032 agus Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde (Amasan Lùghdachadh Eimiseanan) (Alba) 2019.

Molaidh STPR2 ùrachadh agus ionadachadh soithichean CHFS agus NIFS le carbon a thoirt a-mach às a' gnothaich ro 2045.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

25 Carbon a thoirt a-mach à siostam nan rèile

Bheir ionadachadh nan trèana deiseil, am bun-tùs as motha de eimiseanan carboin, le teicneolasan nas glaine mòran bhuanachdan a bharrachd air cuideachadh gus amasan net neoni a ruighinn. Chuireadh cumhachd an dealain ri amannan siubhail na b' fheàrr agus ri earbsachd seirbhisean bathair agus luchd-siubhail a leasachadh. Ghabhadh comas a leudachadh tro chleachdadh trèanaichean na b' fhaide agus piseach air clàran-ama bho luathachadh na bu sgiobalta. Dh'adhbhraicheadh iad sin

buannachdan neo-dhìreach do ghluasadan luchd-siubhail agus bathair agus bhrosnaicheadh e atharrachadh bho rathad gu rèile.

Tha cosgaisean cleachdaidh agus càraidh nas lugha air trèanaichean dealain seach deiseil. Chuidicheadh fuasglaidhean bataraidh agus haidridean le carbon a thoirt a-mach à seirbhisean rèile ann an àitichean far fhiach cosgaisean uèirichean dealain os cionn nan loighnichean.

Molaidh STPR2 gum bu chòir na prìomhachasan airson carbon a thoirt a-mach à prìomh slighean rèile a bhith co-thaobhach ri Plana Gnìomh Dì-charbonachadh nan Seirbhis Rèile.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

26 Carbon a thoirt a-mach à siostam nam bus

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn a' mhòr-chuid de na busaichean deiseil a thoirt a-mach à còmh-dhail phoblach ro dheireadh 2023 le tasgadh-airgid de £120 millean mar thaic don seo a chaidh ainmeachadh aig Ùrachadh Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde 2018-2032.

Molaidh STPR2 obair a bharrachd gus spionnadh a chur ann am barrachd cleachdadh air busaichean

le eimiseanan aig neoni, nam measg feadhainn a chleachdar airson roinnean dachaigh gu sgoil, còmh-dhail coimhearsnachd agus turasachd. Is dòcha gun fheumar leasachadh poileasaidh a bharrachd gus an atharraichear gu cothromach gu busaichean le eimiseanan aig neoni leis an luchd-cleachdaidh gu lèir. Dh'fheumadh toirt seachad airgid a bharrachd a bhith a rèir dùil gum bi gnìomhachas

nam busaichean ag iarraidh carbadan gun eimiseanan fhaighinn gu coimearsalta barrachd agus barrachd, gun tasgadh-airgid Riaghaltais a dhith.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Slàinte

27 Atharrachadh cleachdaidh agus gluasad modh do bhathar

Feumar earrainn mhòr de bhathar a ghluasad bho rathad gu rèile no uisge, agus feumar an t-astar gu lèir a shiubhlar lùghdachadh. Feumar an leithid ma tha Alba a' dol a ruighinn a cuid amasan carbon net neoni oir cha ghabh an leithid a dhèanamh le atharraichean ann an teicneolas a-mhàin. Ghabhadh leasachadh lionraidh a chuidicheadh ri atharrachadh dol-a-mach agus atharrachadh modh fhaighinn a chomasachadh le atharrachadh ann an toirt a-steach carbadan eimiseanan aig neoni agus bun-structair **(28)**.

Molaidh STPR2 gun toir Riaghaltas na h-Alba buidhnean poblach agus prìobhaideach còmhla gus culaidhean-bhrosnachaidh agus na dòighean as fheàrr a shuidheachadh gus cleachdaidhean a bhios coibhneil dhan àrainneachd a stèidheachadh don ghnìomhachas bathair, nam measg roghainnean siubhail seasmhaich adhartachadh gus atharrachadh modh a bhrosnachadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin airson, gluasadan nas fhaide agus comas adhbharachadh gus nas

lughha gluasadan làraidhean bathair a bhith air lionradh nan rathad.

Is dòcha gum feumar na sgeimichean tabhartas airgid agus taic atharrachadh na h-uibhir, a bharrachd air iomairtean atharrachadh dol-a-mach, gus an gabhar ri pròiseas nan tabhartas-airgid agus atharrachadh modh a bhrosnachadh.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

28 Carbadan gun eimiseanan agus atharrachadh ann am bun-structar

A bharrachd air tuilleadh cleachdadh de chòmhdhail phoblach agus siubhal ghnìomhach, agus lùghdachadh ann an iarrtas siubhail, 's e atharrachadh gu carbadan gun eimiseanan prìomh cheum a dh'ionnsaigh lùghdachadh air gasaichean taigh-glainne bho chòmhdhail agus amas net neoni Riaghaltas na h-Alba a choileanadh.

Molaidh STPR2 gun cuirear frèam-obrach airson carbadan gun eimiseanan an

sàs mar thaic agus gus an atharrachadh gu shiubhal gun eimiseanan a sgioblachadh tro airgead chuimsichte. Dh'adhbhraicheadh seo tasgadh-airgid ann an cabhlaichean, goireasan agus teicneolas ùr.

Cuideachd, chruthaicheadh co-obrachadh eadar an roinn phoblach agus an roinn phrìobhaideach tasgadh airgid co-òrdanaichte ann an lionradh solaireadh còmhdhail gun eimiseanan airson bun-structar ath-theàirdseadh

agus lionaidh air feadh Alba, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.

Dh'fheuchadh am moladh seo ris a' bhuidh as motha fhaighinn à chaiteachas poblach agus a' sgioblachadh tasgadh malairteach leis an roinn phrìobhaidich. Ghabhadh am frèam-obrach a-steach còmhdhail bathair, bus agus pearsanta, agus comas air turasan nas fhaide.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde

Cur ri sàbhailteachd agus neart air a' phrìomh lìonradh chòmhdhail

Tha càradh lìonraidhean agus siostaman còmhdhail sàbhailte agus làidir riatanach dha beatha làitheil coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail na h-Alba.

Is e Còmhdhail Alba ùghdarras nan rathad do lìonradh rathad ceangal agus mòr-rathad na h-Alba agus tha ceumannan na rùn piseach a thoirt air neart lìonradh nan tràna, mar a dh'òrdaichear le Oifis nan Rathad agus nan Rèile (ORR).

Tha na molaidhean am broinn STPR2 a' cur ri càradh leantainneach agus feumalachdan obrachail le a bhith cuimseachadh

air dùbhlain sònraichte co-cheangailte ris an fheum lìonradh rathaidean ceangail agus mòr-rathad sàbhailte agus làidir a ruith.

Dh'fheumadh Còmhdhail Alba cumail air an lìonradh a sgrùdadh agus prògram de dh'ùrachadh agus obraichean a chur an sàs a fhreagradh air sàbhailteachd **(30)**, freagarrachadh a rèir atharrachadh na gnàth-shìde **(31)** agus neart **(32)**.

Bheachdaich STPR2 air na feumalachdan sin agus chomharraich e sreath de slighean agus àitichean airson prìomhachais. 'S e aon

phrìomhachas sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba greimeachadh ri neart an A83 aig an Rest and be Thankful **(29)**.

Chuireadh molaidhean a thaobh stiùireadh astar air rathaidean ceangal **(38)** agus lùghdachadh buaidh nan rathad ceangail air coimhearsnachdan ionadail **(37)** ri lùghdachadh cunnart tubaistean agus ri leasachadh na h-àrainneachd ionadail.

Leanaidh cleachdadh teicneolas air a bhith cudthromach gus siostam sàbhailte agus earbsach a ruith, agus molaidh STPR2 sreath de dh'eadar-theachdan a bhios ag amas air

an ath ghinealach de ionadan smachdachaidh le siostaman còmhdhail ciallach **(33)**, **(34)** agus bun-structar **(35)**.

Ag aithneachadh feumalachdan sònraichte gnìomhachas nan làraidh bathar, molaidh STPR2 modh-sgrùdadh agus rannsachadh mionaideach air ionadan-parcaidh làraidhean gus coimhead ri bacaidhean a chuireas stad air an leasachadh **(36)**.

29 Slighe gu Earra Ghàidheal (A83)

Faodaidh dùnaidhean leantainneach air an A83 air sgàth maoimean-talmhainn aig an 'Rest and Be Thankful' no air earrainnean eile den rathad ann an Earra-Ghàidheal is Bòid air sgàth thubaistean, thuiltean no obair-rathaid droch bhuidh a thoirt air an sgìre agus a h-eaconomaidh. Faodaidh dùnaidhean aig an 'Rest and Be Thankful' suas ri 50 mìle a chur ri turasan do mhuinntir an àite, ghnìomhachasan agus luchd-tadhail.

Chuireadh bun-structar rathaid ùr no leasaichte mar fhreagairt do na dùnaidhean sin ri earbsachd na slighe mar prìomh thrannsa tro Earra-Ghàidheal, mar cheangal don dà chuid rubhan Cheann-tìre agus Comhghall, agus mar fear de na dìreach dà rathad cheangal a' ceangal Earra-Ghàidheal is Bòid ri Meadhan na h-Alba.

Molaidhean STPR2 gun lean obair air slighe nas earbsaich a dhèanamh. Rinneadh measadh tòiseachaidh air 11 roghainn trannsa le slighe Gleann Crò a' nochdadh mar an roghainn as fheàrr.

Chaidh an obair a rinneadh gu ruige seo a sgioblachadh, le astar coileanaidh mar phrìomh adhbhar a thaobh taghaidh.

A ruigeas prìomh amasan:



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

30 Leasaichean sàbhailteachd rathad cheangail agus mòr-rathaidean mar adhartas a dh'ionnsaidh 'Rùn Neoni'

Tha leasachaidhean a dhìth air feadh lìonradh nan rathad ceangal agus mòr-rathad gus an coinnichear ri rùn Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid na h-Alba gus am bi aig Alba na rathaidean as sàbhailte san t-saoghal ro 2030. 'S e an t-amas san ùine fhada 'Rùn Neoni', far nach fhaicear aon neach ga mharbhadh no dhroch ghortachadh ro 2050. Lùghdaicheadh leasachaidhean sàbhailteachd cunnart buaileadh, cron a' ghortachaidh a lùghdachadh nan tachradh tubaist agus cur ri earbsachd agus neart slighe tro dàil an cois tubaistean a lùghdachadh.

Cuiridh lìonradh rathad ceangail agus mòr-rathaid, àrd càileachd, ga dheagh chàradh agus èifeachdach cuideachd ri prògraman Riaghaltas na h-Alba airson siubhal ghnìomhaich, Carbadan Ceangailte agus Fèin-ghluasadach (CAV) agus prìomh thasgadh-airgid bus – le sin a' cur ri eaconomaidh carbon ìosal.

Molaidh STPR2 gun cuirear obair leasachaidh rathaid an sàs air feadh lìonradh nan rathad ceangail agus mòr-rathaid le cuimseachadh gu h-àraid, ach chan ann

a-mhàin, air earrainnean dùthchail far am faicear tubaistean as trice agus as miosa. Tha dùil gun gabh na ceumannan a-steach aon no barrachd de leasaichean ceann-rathaid, leudachadh rathad, ath-thaobhadh slighe agus cothroman dol-seachad. Feumar rannsachadh a bharrachd a thaobh làrach agus seòrsa nan leasachadh air slighean sònraichte, is dòcha tro chruthachadh planaichean gnìomh slighe.

Far a bheil an leithid iomchaidh, is dòcha gun gabhar na ceumannan sin

còmhla ri agus mar thaic do na molaidhean rathad cheangail is mòr-rathaidean STPR2 ceangailte ri freagarrachadh air atharrachadh na gnàth-shìde **(31)** agus ùrachadh **(32)**.

A ruigeas prìomh amasan:



Ruigsinneachd



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

31 Atharrachadh agus neartachadh rathad cheangail agus mòr-rathaidean ma choinneamh atharrachadh na gnàth-shìde

Feumar freagarrachadh air buaidh atharrachadh na gnàth-shìde gus dèanamh cinnteach gu bheil lionradh nan rathad ceangail agus nam mòr-rathaid sàbhailt, earbsach agus làidir. Tha seo a' gabhail a-steach ceumannan ullachadh a chuireas dìon air an lionradh bho fìor dhroch aimsir co-cheangailte ri atharrachadh air a' ghnàth-shìde leithid tuiltean, maoimean-talmhainn agus gaoth àrd.

Molaidh STPR2 gun togar air fianais a tha ri làimh mu làraichean ann an cunnart gus an dèanar dealbh nas

soilleir de na làraichean sin air lìonradh nan rathad ceangail agus nam mòr-rathaid as motha a tha ann an cunnart troimhe-chèile air sgàth tachartasan aimsir. Bheireadh seo loighne tomhais airson leasaichean a chomharrachadh, prìomhachadh agus a chur an sàs.

Nam measg tha, ged nach eil iad cuingichte ri, ballaichean mara a neartachadh no iomadachadh, piseach air feansaichean mara agus bruaichean, leathadan agus slèibhtean.

Far a bheil an leithid iomchaidh, is dòcha gun gabhar na ceumannan sin còmhla ri agus mar thaic do na molaidhean rathad cheangail is mòr-rathaidean STPR2 ceangailte ri ùrachadh **(32)** agus leasachaidhean sàbhailteachd **(30)** le Slighe gu Earra Ghàidheal (A83) **(29)** mar phrìomh mholadh.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

32 Ùrachadh rathad cheangail agus mòr-rathaidean airson earbsachd, neart agus sàbhailteachd

Tha 3,739 slighe km (2,323 mìle) de rathad, 1,745 drochaidean agus 2,492 structaran eile san lionradh rathad ceangail agus mòr-rathaid. Giùlainidh e còrr is 40 sa cheud de na carbadan gu lèir agus còrr is 60 sa cheud de charbadan bathar gu lèir. Mar phìos bun-structair sam bith, tha saoghal-beatha aig lionradh nan rathad a ghabhas a dhèanamh nas fhaide le càradh cunbhalach, agus feumar ùrachadh mòr a dhèanamh às dèidh bliadhnaichean do chleachdadh fad na tìde gus cor a' ghoireis a ghlèidheadh.

Adhbharaichidh prògram co-òrdanaichte de obair ùrachaidh agus càraidh a th' air ullachadh ro làimh cuideachd nas lugha de dh'ùpraid agus tha e nas saoire na dèiligeadh ri fàilligeadh an lionraidh.

Molaidh STPR2 tasgadh-airgid leantainneach agus nas motha san lionradh rathad ceangail agus mòr-rathaid thairis air na h-ìrean càraidh a tha ann gus an lionradh a chumail earbsach agus làidir do luchd-cleachdaidh nan rathad. Ghabhadh seo a-steach, ach cha bhiodh e cuingichte ri, sgeimichean rathad agus

structar, neartachadh air prìomh dhrochaidean, cur às do bhacaidhean ruigsinneachd agus ullachadh planaichean còmh-dhail aonaichte dhan Ghearastan agus A90 Kingsway tro Dhùn Dè.

Far a bheil an leithid iomchaidh, is dòcha gun gabhar na ceumannan sin còmhla ri agus mar thaic do na molaidhean rathad cheangail is mòr-rathaidean STPR2 ceangailte ri sàbhailteachd **(30)** agus ceangailte ri freagarrachadh air atharrachadh na gnàth-shìde **(31)**.

A ruigeas prìomh amasan:



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

33 Siostaman Còmhdhail Ciallach an Àm ri Teachd

34 Ùrachadh Siostam Còmhdhail Alba

35 Ùrachadh agus Ionadach an Siostaim Chiallaich Còmhdhail

Cuiridh na molaidhean sin ri stiùireadh agus obair carbadan air feadh an lìonradh còmhdhail ro-innleachdail aig Còmhdhail Alba.

Faodaidh Siostaman Còmhdhail Ciallach (ITS) cur gu mòr ri sàbhailteachd siubhail san fharsaingeachd agus taic a thoirt do sheasmhachd còmhdhail nas fheàrr, tursan nas rèidh, freagairt nas luaithe air tachartasan agus leasachaidhean àrainneachd air feadh lìonradh rathaidean ceangail is mòr-rathaidean na h-Alba.

Tha bun-structar ITS stèidhichte san lìonradh còmhdhail agus a' toirt a-steach uidheamachd leithid sanasan teachdaireachd caochlaideach, solais smachd air rathaidean,

CCTV, fònaichean èiginn ri taobh an rathaid, innealan sgrùdaidh carbadan is sìde, agus uidheamachd a tha gan ceangal ri chèile agus ri Ionad Smachd Nàiseanta Carbadan na h-Alba (TSNCC).

Chumadh tasgadh ann an ùrachadh agus iomadachadh uidheamachd taobh rathaid ITS an ìre àrd de sheirbhis do luchd-cleachdaidh nan rathad agus dh'adhbhraicheadh an leithid barrachd neirt. Chuireadh gnìomhachd leasaichte uidheamachd ITS ùr cuideachd ri lùghdachadh ann an tubaistean rathaid agus turasan nas sàbhailte.

Molaidh STPR2 airgead gus comasan Siostam Carbadan na h-Alba (TSS) a leasachadh

agus ullachadh airson na h-àm ri teachd agus planadh airson uidheamachd, siostaman agus seirbhisean ùr gus piseach a thoirt air obair agus neart obair an lìonraidh. Dheidheadh IMS agus siostaman eile ùrachadh gus freagairt air feumalachdan làthaireil agus ri teachd.

S e a bhiodh gu feum dha Siostaman Còmhdhail Glice an Àm ri Teachd (33) uidheamachd ùr taobh nan rathad a chur an sàs agus leasachadh air an TSS.

Cleachdaidh an TSS am fiosrachadh a chruinnicheas e mu obair rathaid, tubaistean, dùmhlachd agus aimsir gus an lùghdaichear troimhe-chèile agus am meudaichear èifeachd obrachail agus sàbhailteachd lìonradh nan rathad ceangal agus

nam mòr-rathad.

An lùib ùrachadh siostam Carbadan na h-Alba (**34**) tha ùrachadh air Siostam Rianaidh nan Tachartas (IMS) agus an Siostam Rianaidh Mearachd (FMS) a tha ceangailte, tha na dhà nam pàirtean bunaiteach den TSS. Cuiridh an siostam bathar-bog bunaiteach seo taic ri lorg, freagairt agus rianachd air tachartasan.

Seallaidh ùrachadh agus ionadachadh an Siostam Còmhdhail Chiallaich (**35**) gu bheil tomhas susbainteach de uidheamachd ITS ri taobh rathaidean a tha a' teannadh ri crìoch a bheatha agus gun fheumar a-nis prògram mòr de dh'ùrachadh agus iomadachadh.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd *



Slàinte *



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

* Cha bhui amasan Ruigsinneachd agus Slàinte do mholaidhean ITS an Àm ri Teachd (33).

36 Ro-innleachd gus piseach do ghoireasan fois agus cor do draibhearan làraidh

Chuireadh ionadan-parcaidh làraidh freagarrach ri sàbhailteachd rathad agus nas lugha eucoir, agus chuireadh an leithid ri cor-obrach na b' fheàrr do dhràibhearan làraidh (HGV). Stadadh e troimhe-chèile ann an àiteachan nach eil gan dèanamh do pharcadh làraidh. Is iad goireasan fois agus cùraim pàirt chudromach de bhun-structar bathar nàiseanta agus eadar-nàiseanta agus tha buileachadh an leithid do ìre fhreagarrach bunaiteach gus am cumar slighean-bathair sàbhailte, èifeachdail agus

èifeachdach. Chuidicheadh an leithid, mar sin, le eaconomaidh na h-Alba agus fàs.

Molaidh STPR2 sgrùdadh nàiseanta air làraichean parcaidh/fois bathair gus an tuigear nas fheàrr dè iad na bacaidhean a tha ag adhbharachadh stad air an leasachadh, gus am beachdaichear air an cor a thaobh airgid agus gus ìrean freagarrach a chruthachadh. Bhiodh co-chomhairle ann le gnìomhachas a' bhathair, aonaidhean ciùird, buidhnean riochdachaidh, ùghdarrasan

ionadail agus luchd-ùidhe eile. Ghreimicheadh seo ris an iarrtas airson solarachadh connaidh do charbadan gun eimiseanan mar phàirt de lionradh bun-strutair connaidh eadar-dhealaichte **(28)**.

Nochdadh an sgrùdadh cò iad na slighean far a bheil uireasbhaidhean ann an solarachadh agus chuireadh e taic ri Còmhdhail Alba gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mun fheum (no an caochladh) greimeachadh ri faileachadh margaidh.

A ruigeas prìomh amasan:



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

37 Piseach air siubhal gnìomhach air rathaidean ceangail tro choimhearsnachdan

Far an tèid rathad ceangal tro choimhearsnachd, gabhaidh ceumannan a ghabhail gus na trioblaidean a dh'adhbhraicheas sgaradh a lùghdachadh agus sochairean a chumail ri feadhainn a tha an-dràsta gam bacadh no gam mì-mhisneachadh bho bhith a' coiseachd, cuibhleachadh no baidhseagal air no tarsainn a' phrìomh rathaid. Faodaidh an leithid droch bhuidhean charbadan a lùghdachadh, draghan faicte mu shàbhailteachd nam measg, agus prìomh chinn-uidhe a dhèanamh nas ruigsinniche do mhuintir an àite. Cruthaichidh

seo cothroman sònraichte do dhaoine a tha ann an cunnart às-dùnadh sòisealta, leithid daoine le ciorram, òigridh agus feadhainn nas sine, agus an feadhainn gun chothrom air càr.

Molaidh STPR2 coileanadh ceumannan gus droch bhuidhean carbadan rathaid ceangail a lùghdachadh air daoine a tha ri coiseachd, cuibhleachadh agus baidhseagal anns na coimhearsnachdan le rathad ceangal a' dol tromhpa – leithid, le astar nan carbad a lùghdachadh, meud agus cor nan cabhsair a

leasachadh, agus le àitichean dol tarsainn a dhèanamh nas fheàrr. Dheidheadh na ceumannan an atharrachadh a rèir suidheachadh ionadail agus gan fiosrachadh le rannsachadh so-dhèantachd mionaideach. Dh'obraicheadh Còmhaidh Alba còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan gus an toirear eadar-theachdan seachad air na pàirtean den lionradh a tha fo a smachd gus am faicear àrdachadh ann an siubhal ion-ghabhalach, seasmhach.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

38 Plana Rian Astar

Tha rùn aig Frèam-obrach Sàbhailteachd Rathaid na h-Alba gus am bi aig Alba na rathaidean as sàbhailte san t-saoghal ro 2030 le ceann-uidhe san ùine fhada de 'Rùn Neoni' far nach fhaicear aon neach marbh no leòinte air rathaidean na h-Alba ro 2050. Tha astaran sàbhailte sam Frèam-obrach stèidhichte air cuideachadh le seachnadh buailleadh agus astar san tachair na tubaistean a lùghdachadh.

Faodaidh atharrachadh ann an

rianachd astaran cuideachd cur ri oidhirpean a dh'ionnsaigh net neoni le losgadh connaidh nan carbad a lùghdachadh agus siubhal gnìomhach a bhrosnachadh.

Molaidh STPR2 sgrùdadh nàiseanta gus an suidhichear casgan-astar freagarrach do dhiofar seòrsa rathad ann an Alba. Bheireadh an sgrùdadh sùil air sreath de cheumannan leithid rian astar air mòr-rathaidean, casgan astar tro obair rathaid agus coimhearsnachdan dùthchail

air rathaidean ceangal agus casgan astar nas ìsle ann am bailtean agus sgìrean le dachaighean. Beachdaichear cuideachd air na casgan astar do Làraidhean (HGVs) nas truime na 7.5 tunna air lionradh nan rathad ceangail.

Is dòcha gum biodh atharraichean susbainteach a dhìth air frèam-obrach einnseanairidh, smachdachaidh agus foghlaim agus air na goireasan a bhiodh a dhìth mar thaic dhiubh sin.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

Neartachadh prìomh cheangalaichean

Tha e cudromach gun cumar ceangalaichean ro-innleachdail fada gus am faodar siubhal ann an Alba agus tarsainn air a' chrìoch. Tha Còmhdhail Alba a' cumail rian air a' mhòr-chuid den lionradh ro-innleachdail as leth Ministearan na h-Alba agus tha e iomchaidh le sin gun dèan STPR2 sreath mholaidhean mun seo. Tha e cuideachd buntainneach agus cudromach gun greimich STPR2 ri mar a ghabhas ceangail gnothaich ri taic do na Leasaichean Nàiseanta a nochdas san dreachd ùraichte den Cheathramh Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta (NPF4) agus a thaobh gluasadan luchd-siubhail agus bathar tro ar prìomh bealaichean.

Tha molaidhean **(39)** agus **(40)** a-mach mu na cothroman co-cheangailte ri cothrom air dhà de na prìomh bealaich againn, a dh'aithnichear san dreachd ùraichte de Leasaichean Nàiseanta NPF4: Inbhir Grainnse agus an t-Sròn Reamhar.

Le feart do fheumalachdan coimhearsnachdan eileanach ceanglaichean earbsach a bhith aca ri tìr-mòr, molaidh STPR2 tasgadh airgid ann am bun-structar puirt **(42)** agus rannsachadh ceanglaichean cruaidh (drochaidean, cabhsairean agus/no tunailean) aig Caolas na Hearadh, Caolas Bharraigh agus eadar Muile agus tìr-mòr na h-Alba **(41)**.

Le aithne don phàirt mhòr a tha aig rèile ann an turasan nas fhaide, tha STPR2 a' dèanamh trì prìomh molaidhean. Tha iad sin a thaobh tasgadh-airgid leantainneach sna prìomh stèiseanan rèile ann an Dùn Èideann, Glaschu, Peairt agus Inbhir Nis **(43)**, comasachadh tasgadh ann an stèiseanan bathair rèile san àm ri teachd **(44)**, agus Còmhdhail Alba a' leantainn air le obair còmhla ri Riaghaltas na RA gus ceanglaichean luath agus tarsainn air a' chrìoch a thoirt air adhart **(45)**.

39 Slighe sheasmhach gu Sgìre Tasgaidh Inbhir Ghrainnse

Gheibhear bun-structar ro-innleachdail cudromach, cosnadh le luach àrd agus dèanamh stuthan a tha riatanach do bheatha làitheil ann an Alba ann an Sgìre Tasgaidh Inbhir Ghrainnse. Tha an obair ghnìomhach agus eaconamach san ionad seo riatanach do eaconomaidh na h-Alba agus bhiodh miann gun cùm agus gun leasaich an sgìre seo a h-àite farpaiseach agus nar linn net neoni ri teachd. Chuireadh ro-innleachd chothrom chòmhdhail seasmhach ris an t-saoghal ri teachd sin.

Molaidh STPR2 gun dèanar leasachadh air còmhdhail gus barrachd chothrom seasmhach a

bhith faighinn gu Sgìre Tasgaidh Inbhir Ghrainnse dhan dà chuid daoine agus bathar. Tha na leanas nan eisimpleirean, ach faodaidh feadhainn eile a bhith ann:

- ceanglaichean siubhail ghnìomhaich a rèir nam prionnsabail airson coimhearsnachdan Ceangailte **(1)** agus bailtean a cheangal ri siubhal ghnìomach **(4)**
 - leasaichean bun-structar bus mar thaic agus brosnachadh do cheanglaichean bus nas fheàrr do Inbhir Ghrainnse à prìomh àitichean
 - taic do ghluasad a bharrachd do bhathar air rèile – a rèir prionnsabail nan leasachadh trannsa rèile **(15)**, **(16)**, **(17)**; atharrachadh modh do
- bhathar **(27)**; stèiseanan agus goireasan bathar rèile **(44)**; agus leasaichean rèile tarsainn air crìoch **(45)** – gus tuilleadh chomas air bathar rèile a chomasachadh
- Leasaichean Ceann-rathaid 5 air an M9 far an adhbharaich iad buannachdan soilleir bathair agus bus.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

40 Slighe gun t-Sròin Reamhair agus puirt Chàirn Rìoghain

Is iad an t-Sròin Reamhair agus puirt Chàirn Rìoghain bealaich cudromach do dh'Alba do luchd-siubhail bàta agus bathair. Chuireadh leasachadh air na goireasan siubhail san àite seo ri togail air eaconomaidh Iar-dheas na h-Alba mar bhuannachd don eaconomaidh agus coimhearsnachdan ionadail.

Molaidh STPR2 gun dèanar leasaichean sàbhailteachd, neart agus earbsachd air na trannaichean ro-innleachdail

A75 and A77, le sin mar thaic do chothroman àite. Ghabhadh seo a-steach, ach cha bhiodh e cuingichte aig, leasachadh aig cinn-rathaid, cothroman dol-seachad a leasachadh aig àitichean freagarrach agus leudachadh no ath-thaobhadh rathaidean.

Chruthaichheadh seo ceanglaichean na bu treise ri Bealach na Sròine Reamhair, Leasachadh Ionad Cumhachd Chapelcross agus puirt Chàirn Rìoghain.

Gus spionnadh a thoirt do bharrachd cleachdadh chòmhdhail phoblaich agus mar thaic do mholaidhean nas fharsaing airson leasachadh a' bhaile bu chòir smaoinichadh air leasachadh no ath-stèidheachadh air stèisean rèile na Sròine Reamhair.

A ruigeas prìomh amasan:



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

41 Cothrom air ceanglaichean cruaidhe do Chaolas na Hearadh, Caolas Bharraigh, agus ceangal cruaidh eadar Eilean Muile agus tìr-mòr na h-Alba

'S iomadh trioblaid agus dùbhlain a tha mu choinneamh slighean bàta-aiseig Caolas na Hearadh, Caolas Bharraigh agus eadar Eilean Muile agus tìr-mòr na h-Alba. Cuiridh iomadachadh ceanglaichean bhàta le ceanglaichean cruaidhe (drochaidean, càbhsairean agus/no tunailean) ri earbsachd, ceangail, comas air ùine siubhail agus leigidh e le atharrachadh nas farsaing air seirbhisean aiseig.

Molaidh STPR2 gun dèanar obair a bharrachd air argmaidean gnìomhachais

agus an tuigear nas fheàrr na buannachdan, cosgaisean agus dùbhlain a tha an cois nan roghainn sin. Bheachdaicheadh na rannsaichean sin cuideachd air an gabhadh ceanglaichean eileanach a leasachadh tro cheanglaichean cruaidh a bharrachd le iomadachadh nan seirbhis aiseig a tha an-dràsta gan toirt seachad le CalMac Ferries Ltd mar phàirt de chùmhnant Bhataichean-aiseig Chluaidh agus na h-Eileanan (CHFS). Bheireadh na rannsaichean sin sùil ann am barrachd dhoimhneachd air mar a ghabhadh airgead

a shàbhaladh san ùine fhada leis na tha de dh'airgead a dhìth gus na bàtaichean a ruith agus ghabhadh e a-steach beachdan bho na coimhearsnachdan air am buaileadh an leithid.

A ruigeas prìomh amasan:



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

42 Obair ann am bun-structar port mar thaic do ùrachadh agus atharrachadh nan soitheach, agus beag air bheag carbon a thoirt a-mach às a' ghnothaich

Chuireadh tasgadh airgid ann am bun-structar port, leithid cumhachd, ri toirt a-steach bàtaichean-aiseig ùra agus leasaichte. Chuidicheadh seo gus freagairt air feumalachdan coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach le piseach a thoirt air comas, neart, earbsachd, ruigsinneachd agus inbhe nan seirbhis aiseig.

Bidh tasgadh-airgid ann am bun-structar port a' ciallachadh gun gabh adhartas a dhèanamh a thaobh cunbhalachadh agus comas-

obrachaidh soithichean ùra agus làthaireil, a' cur ri neart an lionraidh. Chuireadh an obair ri lùghdachadh air eimiseanan air feadh lionradh nam bàta agus chuireadh i ri amasan eimiseanan carbon net neoni na h-Alba.

Molaidh STPR2 prògram tasgadh-airgid ann am bun-structar nam port aiseig, nam measg solarachadh cumhachd air tìr, mar thaic do ùrachadh agus atharrachadh nam bàta-aiseig agus carbon a thoirt a-mach às a' ghnothaich **(24)**.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

43 Sàr-phlanaichean nan stèisean mòra

A' leantainn oirnn bhon ùrachadh shoirbheachail air Stèisean Sràid na Banrighinn an Glaschu, a bharrachd air leasaichean stèisean ann an Obar Dheathain agus ann an Sruighlea, tha am moladh seo mu leasachadh ceithir prìomh stèiseanan rèile ann an cathair-bhailtean na h-Alba: Waverley an Dùn Èideann, Meadhan Glaschu, Peairt agus Inbhir Nis. Tha rannsaichean a' leantainn gus planaichean adhartachadh feuch ciamar a thigeadh buannachd shònraichte

a-mach à ùrachadh nan stèisean sin.

Molaidh STPR2 gun adhartachadh planaichean agus sàr-phlanaichean stèiseanan gus am bithear co-thaobhach ri agus taiceil do phrìomhachasan tasgaidh Còmhhdail Alba agus Network Rail. Dh'ullaicheadh molaidhean an sàr-phlana am frèam-obrach airson trannsaichean obrach san àm ri teachd sna ceithir stèiseanan gus:

- am biodh rùm gu leòr ann do iarrtas luchd-siubhail agus, a rèir freagarrachd, bathar a rèir siubhail sheasmhaich
- taic a thoirt do amasan net neoni
- co-òrdanachadh le obair roinneil a nì com-pàirtichean ro-innleachdail eile.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

44 Stèiseanan agus goireasan do bhathar air rèile

Tha solarachadh stèiseanan bathar rèile deatamach gus an gluaisear bathar bho rathad gu rèile gu brìghmhor. Chuireadh seo ri seasmhachd agus comas farpais slighe bathar na h-Alba.

Giùlanair bathar rèile air bhonn choimearsalta le companaidhean bathair agus companaidhean solarachaidh prìobhaideach. 'S e obair Riaghaltais poileasaidhean agus ro-innleachdan a stèidheachadh a bheir fàs – le Network Rail a' coimhead ris a' phrìomh bun-structar rèile agus an rianadar, Oifis an Rathaid agus an Rèile (ORR),

a' cumail sùil air gèileadh, sàbhailteachd agus toirt seachad ceadan.

Molaidh STPR2 gun cur Còmhhdail Alba taic ri com-pàirtichean gnìomhachais a thaobh rannsachadh margaidh ùraichte a dhèanamh airson fàs bathar rèile ann an Alba. Co-cheangailte ris a' Phlana Fàs Gnìomhachais airson Bathar Rèile, ghabhadh a-steach ath-sgrùdadh air ionadan bathair rèile agus ionadan gus dearbhadh mar a choinnicheas iad ri feumalachdan fad-ùine gus bathar a ghluasad bho rathad gu rèile.

Tha Riaghaltas na h-Alba an-dràsta a' toirt taic do raon thabhartasan gus cuideachadh le bathar a ghluasad bho rathad gu rèile agus leanar le rannsachadh chothroman gus taic a thoirt seachad. Ghabhadh seo a-steach obair ann an com-pàirteachas le companaidhean bathair gus ceumannan a chuir an gnìomh, air an comharrachadh san sgrùdadh margaidh, a dh'adhbhraicheadh gluasad mòr de bhathar bho rathad gu rèile.

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

45 Leasachadh rèile astar luath agus tarsaing air a' chrìoch

Bheireadh ùrachadh bun-structair gus astaran nas àirde a cheadachadh air slighean thar-chrìochan cothrom air ùine siubhail gu Lunnainn agus prìomh chinn-uidhe eile a bhith nas fharpaiseach ri siubhal adhair. Bhrosnaicheadh an ceangal leasaichte seo gluasad bho adhair gu rèile air siubhal air astar nas fhaide agus bheirear e taic do amasan eimiseanan net neoni na h-Alba. Shaoradh na leasachaidhean sin cuideachd comas airson tuilleadh seirbheisean luchd-siubhail is bathar roinneil.

Molaidh STPR2 gun cùm Còmhhdhail Alba a' dol na obair dlùth le Riaghaltas na RA gus prògram de leasachaidhean bun-structair a thoirt air adhart a bhios ag amas air slighean thar-chrìochan nas fhaide. Ghabhadh an leithid na leanas a-steach:

- Prìomh Loighne an Taobh an Ear (ECML)
- Prìomh Loighne an Taobh an Iar (WCML)
- Loighne Ghlaschu agus an Iar-dheas (Glaschu gu Carlisle tro Dhùn Phris).

A ruigeas prìomh amasan:



Gnàth-shìde



Ruigsinneachd



Slàinte



Eaconomaidh



Sàbhailteachd

Tha an Aithisg STPR2 dheireannach seo a' gabhail feart air na beachdan a fhuaras mun dreachd aithisg a dh'fhoillseachar san Fhaoilleach 2022. Tha e a' toirt seachad liosta de 45 molaidhean do Riaghaltas na h-Alba airson tasgadh còmhhdail suas gu 2042.

Lean am pròiseas Stiùireadh Measaidh Còmhhdail na h-Alba (STAG), cleachdadh stèidhichte bonntaichte air fianais gus duilgheadasan agus cothroman a chomharrachadh, amasan còmhhdail a shuidheachadh gus greimeachadh ris an leithid sin agus roghainnean a chruthachadh, a chriathradh agus a mheas airson atharraichean san t-siostam còmhhdail. Bha cuideachd co-obrachadh nach bu bheag le luchd-ùidhe agus an sluagh na lùib.

'S e an aithisg geàrr-chunntas pàirt de sreath stuthan, nam measg:

- Aithisg Teicnigeach STPR2
- Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail (SEA)
- Aithisg Measaidh Buaidh Co-ionannachd
- Aithisg Measaidh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach
- Aithisg Measaidh Dleastanas Alba nas Cothramaiche
- Aithisg Measaidh Buaidh Còirichean agus Cor Chloinne
- Aithisg Measadh Riaghailtean Àrainnean
- Aithisg Sgrùdaidh Co-chomhairleachaidh
- Aithisg Geàrr Aithisg Co-chomhairleachaidh
- Duilleagan pròiseict didseatach air-loidhne a leigeas le luchd-cleachdaidh fiosrachadh fhaighinn agus a chuir ri na molaidhean deireannach.

Foillsichear Aithris Iar-gabhail a thaobh na h-Aithisg Ro-innleachdail Measadh Àrainneachd tràth ann an 2023.

Gheibhear na stuthan air làrach-lìn Còmhhdail Alba

Fiosrachadh làrach-lìn:
transport.gov.scot/stpr2/

Post-d:
info@transport.gov.scot

© Copyright 2022 Jacobs UK Ltd and AECOM Limited. Buinidh na bun-bheachdan agus am fiosrachadh a tha sa phàipear seo do Jacobs agus AECOM. Is e cleachdadh no lethbhreac den sgrìobhainn seo gu h-iomlan no ann am pàirt às aonais cead sgrìobhte

Jacobs agus AECOM bhriseadh còir-lethbhreac.

Cuingalachadh: Rinneadh am pàipear seo às leth, agus gus a chleachdadh a-mhàin do neach-dèiligidh Jacobs agus AECOM, agus tha e fo, agus air

a thoirt seachad a rèir, riaghailtean a' chùmhnannt eadar Jacobs, AECOM agus an neach-dèiligidh. Cha ghabh Jacobs agus AECOM uallach no dleastanas sam bith airson, no a thaobh, cleachdadh no earbsa sam bith den phàipear seo le treas phàrtaidh sam bith.

Gheibhear clàran eile den phàipear seo, a rèir iarrtais, ann an cruthan claisneachd is lèirsinneach agus ann an cànanan coimhearsnachd. Bu chòir ceistean sam bith mun phàipear / foillseachadh seo a chur thugainn aig info@transport.gov.scot



Chaidh am pàipear seo a dhealbhadh agus ullachadh le BIG Partnership.